



**COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD**

**PLANA GÀIDHLIG 2018–2023**

**Plana Gàidhlig fo Earrann 3 de dh’Achd na  
Gàidhlig (Alba) 2005**

## 2. Facal-toisich

Mar Chathraiche air Comataidh nan Goireasan agus Cathraiche air Buidheann Roinnleachd agus Leasachaidh na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd, agus às leth Buill Thaghte thar an t-Seòmair, tha e na thlachd dhomh ur cur an aithne treas Plana Gàidhlig (PG) Chomhairle na Gàidhealtachd, a tha a' sealltainn gu bheil dealas aig Comhairle na Gàidhealtachd dhan Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023 agus do dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Mar aon de na h-ùghdarrasan ionadail a tha aig ceann leasachadh na Gàidhlig agus leasachadh cultarail, tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' toirt spèis cho-ionann do sheirbheisean Gàidhlig, mar a tha air a thaisbeanadh tro riarachadh nan goireasan.

Chan eil an treas Plana Gàidhlig a' dol an àite a' Phlana Ghàidhlig mu dheireadh, seach gu bheil sinn a' creidsinn gu bheil e a' neartachadh gheallaidhean, shoirbheasan is choileanaidhean leantainneach Chomhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' toirt air adhart is a' cumail suas leasachadh cànain is cultair na Gàidhlig.

Bidh sia cuspairean PG 3 nam pàirt de Phrògram Chomhairle na Gàidhealtachd; tha am Plana Gàidhlig ag amas air clàr-gnothaich nas fharsainge a ghabhail a-steach agus cur ris na cuspairean prìomhachais àrd-ìre a leanas:

- Comhairle a tha a' brosnachadh na Gàidhealtachd
- Àite airson fuireach
- Àite airson fàs
- Àite airson soirbheachadh
- Àite fàilteachail
- Comhairle na Gàidhealtachd Agaibhse

*“... bheir sinn aithne do na buannachdan sòisealta, cultarail agus eaconamach subsainteach a tha an lùib cànain is cultar na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd agus*

*leanaidh sinn air adhart gam brosnachadh is a' toirt taic dhaibh tron treas Phlana Gàidhlig againn."*

Tha amas soilleir aig Comhairle na Gàidhealtachd a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, agus ag amas air leantainn air adhart a' toirt neartachadh susbainteach air ìomhaigh na Gàidhlig agus leantainn air adhart a' cruthachadh is a' brosnachadh dealbh deimhinneach dhen chànan.

Gus na h-àrd-amasan seo a choileanadh, bidh amas làidir aig Comhairle na Gàidhealtachd air na raointean prìomhachais sònraichte a leanas:

- Tràth-bhliadhnaichean, Daoine Òga agus Teaghlaichean, gu h-àraid ann am Foghlam
- Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, agus Coimhearsnachdan
- Na h-Ealain, Cultar is Dualchas, agus Eaconamaidh
- An t-Àite-obrach a' gabhail àite cudromach, a' toirt seachad is a' neartachadh chothroman a thaobh a bhith a' leasachadh mothachadh mun Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig, le aire do theicneòlasan ùra.

## **An Comhairliche Alasdair MacFhionghuin**

### **Cathraiche Comataidh nan Goireasan**

Mar Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd, tha e na urram dhomh taic a thoirt do Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023, a tha a' mìneachadh amasan is àrd-amasan na Comhairle airson cànan is cultar na Gàidhlig thairis air na còig bliadhna a tha romhainn, agus mar a thèid an coileanadh.

Tha am plana a' cur an cèill structar foirmeil airson a bhith a' neartachadh leasachaidhean làithreach agus airson a bhith a' toirt a-steach iomairtean ùra agus targaidean soilleir. Tha seo a' faighinn taic tro Phrògram Chomhairle na Gàidhealtachd, 'Guthan Ionadail, Roghainnean Gàidhealach', anns a bheil ìre àrd lèirsinn a thaobh thoraidhean agus cheumannan gus na cuspairean prìomhachais a libhrigeadh, agus a thèid a sgrùdadh mar phàirt dhen Phlana Chorporra.

Tha a' Chomhairle a' leantainn air adhart le dealas do bhith a' solarachadh is a' leasachadh Foghlam tron Ghàidhlig gu h-èifeachdach agus tha dealas co-ionann aice do bhith a' toirt taic do ionnsachadh is soirbheas na cloinne uile ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd moiteil às na tha i air a choileanadh ann a bhith a' neartachadh a' chànain thar a seirbheisean uile agus a prìomh luchd-compàirt, gus cur ri luach is soirbheachas farsaing foghlamach, sòisealta, cultarail agus eaconamach na Gàidhealtachd.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag amas air leantainn air adhart ag àrdachadh cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig agus bidh i a' neartachadh is a' togail air obair a rinneadh roimhe, gu h-àraid ann an roinn nan com-pàirteachasan dealbhadh coimhearsnachd, an dà chuid aig ìrean obrachail agus ro-innleachdail. Bidh i a' leantainn air adhart ag obair le raon phrìomh luchd-compàirt agus bhuidhnean thar nan ealan, a' chultair is an dualchais, agus cuiridh i ris na roinnean sòisealta, eaconamach agus luach chultarail, ann an com-pàirteachas le Riaghaltasan na h-Alba agus na Rìoghachd Aonaichte.

**Donna Manson**

**Àrd-Oifigear**

## Clàr-innse

2. Facal-toisich.....	2
3. Ro-ràdh.....	7
3.1 Tuairisgeul air Dreuchd na Buidhne agus Suidheachadh nan Oifisean .....	7
3.2 Achd 2005 agus Foillseachadh Bratha .....	10
3.3 Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba .....	11
3.4 Cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Raon Obrachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd.....	12
3.5 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig .....	21
4. Plana na Gàidhlig anns an Structar Chorporra .....	24
5. A' Bhuaidh a dh'Fhaodadh a Bhith aig Dealbhadh is Poileasaidh air a' Ghàidhlig agus Ceanglaichean gu Prìomhachasan Nàiseanta .....	25
5.1 Ag Àbhaisteachadh na Gàidhlig ann am Poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd .....	25
5.2 Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023.....	25
5.3 Prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba.....	26
5.4 Prìomhachasan Ionadail.....	26
6. Geallaidhean a' Phlana .....	28
6.1 Àrd-amasan .....	28
6.2 Geallaidhean Ìre Seirbheis.....	31
6.3 Follaiseachd .....	31
6.4 Luchd-obrach .....	33
6.5 Obrachaidhean Làitheil.....	34
6.6 Buidhnean Leth-eisimeileach.....	35
6.7 Aontaidhean Treas Phàrtaidh .....	36
6.8 Conaltradh .....	36
6.9 Inbhean Corpas na Gàidhlig .....	36
7. GEALLAIDHEAN RO-INNLEACHDAIL AGUS GNÌOMHAN COMASACHAIDH AIRSON NAN SIA CUSPAIREAN SA PHLANA .....	38
Cuspair 1 – A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne ....	38
Cuspair 2 – A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd.....	42
Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam .....	48
Cuspair 4 – A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas .....	70
Cuspair 5 – A' Ghàidhlig san Àite-obrach .....	80

Cuspair 6 – Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig .....	89
8. Sgrùdadh.....	97
8.1 Ullachaidhean Sgrùdaidh agus Aithris .....	97
9. Eàrr-ràdhan.....	98
10. Beag-fhaclair .....	99
Beag-fhaclair Chomhairle na Gàidhealtachd .....	100
11. Fios Thugainn.....	101

### 3. Ro-ràdh

#### 3.1 Tuairisgeul air Dreuchd na Buidhne agus Suidheachadh nan Oifisean

'S i sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd an sgìre riaghaltais ionadail as motha san Rìoghachd Aonaichte agus 's i tè de na 32 comhairlean uile-amasach ann an Alba, a' frithealadh 232,000 neach thar 26,484 cilemeatair ceàrnagach. Tha am mapa gu h-ìosal a' sealltainn na sgìre cruinn-eòlaiche.

#### Sgìre Chruinn-eòlach agus Structar Uàird Làithreach



*Tha grunn dhleastanasan is dhreuchdan reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd.*

O chionn ghoirid, ghluais Comhairle na Gàidhealtachd gu structar ùr anns a bheil trì prìomh chomataidhean. Ged a tha seo fhathast ri dhaingneachadh, leanaidh na ceithir buidhnean-stiùiridh a leanas air adhart san eadar-àm:

***Cùram agus Ionnsachadh, Seirbheisean Coimhearsnachd, Goireasan Corporra agus Leasachadh agus Bun-structair.***

Tha ***Seirbheis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh*** a' libhrigeadh sheirbheisean foghlaim, cùraim shòisealta agus slàinte choimhearsnachd do chloinn agus theaghlachan na Gàidhealtachd. Tha i a' solarachadh oifigearan slàinte inntinn agus obair-shòisealta do cheartas eucoirean a thuilleadh air obair-shòisealta taobh a-muigh uairean àbhaisteach. Tha i cuideachd ag obrachadh sheirbheisean frithealaidh ann an sgoiltean. Tha i a' stiùireadh Gàidhlig agus leasachadh cultarail. Tha i a' coimiseanadh sheirbheisean cultair agus cur-seachad bho High Life na Gàidhealtachd agus Cùram Sòisealta Inbheach bhon NHS.

Tha ***Seirbheisean Coimhearsnachd*** a' libhrigeadh mòran de sheirbheisean làitheil na Comhairle, agus tha luchd-obrach a' cumail suas ceangal cunbhalach le muinntir na Gàidhealtachd. Tha an t-seirbheis a' libhrigeadh raon farsaing obraichean a' gabhail a-steach togail sgudail, gearradh feòir, obair-gleidhidh geamhraidh, taigheadas, cùisean dìth dachaigh, càradh rathaidean agus seirbheisean eile a tha a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gur e àite-fuirich math agus sàbhailte a th' anns a' choimhearsnachd.

Tha ***Seirbheis nan Goireasan Corporra*** an urra ri: co-òrdanachadh poileasaidh, co-ionannachdan, agus dealbhadh coimhearsnachd; co-chonaltradh agus co-chomhairleachadh; taic airson a bhith a' buileachadh Prògram na Comhairle; comhairlean coimhearsnachd agus stiùireadh uàird; rannsachadh agus measadh corporra; atharrachadh gnàth-shìde agus an iomairt Carbon CIALLACH. Tha an oifis cuideachd a' toirt taic do Bhuill agus seirbheisean coiteachaidh agus ceangail phoilitigeach gus taic a thoirt do Phrògram na Comhairle. Tha iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh agus ceistean is gearanan air an làimhseachadh taobh a-staigh na h-oifis. Tha Conaltradh Corporra a' stiùireadh chonaltraidhean bhon taobh a-muigh is bhon taobh a-staigh, a' gabhail a-steach ceistean bho na meadhanan, na



meadhanan sòisealta corporra agus iomairtean, cuide ri seirbheis dealbhadh grafaigeach dhan Chomhairle. Thathar cuideachd a' toirt taic seachad airson taghaidhean ionadail, nàiseanta agus Eòrpach agus tha an t-Àrd-Oifigear na Oifigear Taghaidh. Tha an t-Seirbheis cuideachd an urra ri bhith a' stiùireadh atharrachadh agus leasachadh gnothachais thar na Comhairle, agus airson a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean proifeiseanta a bheir taic do libhrigeadh sheirbheisean do choimhearsnachdan thar na Gàidhealtachd. Tha na seirbheisean seo a' gabhail a-steach Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh, Seirbheisean Laghail, Seirbheisean Comataidh, Goireasan Daonna agus Leasachadh Luchd-obrach. Thathar cuideachd a' stiùireadh sheirbheisean luchd-ceannaich tro lionra de dh'ionadan-seirbheis, Prìomh Ionad Seirbheis na Comhairle ann an Alanais, agus làrach-lìn na Comhairle.

Tha ***Seirbheis an Leasachaidh agus a' Bhun-structair*** an urra ri gnìomhan na Comhairle a bheir taic do dh'fhàs eaconamach seasmhach na Gàidhealtachd. Tha i ag obair còmhla ri choimhearsnachdan gus planaichean a chur air dòigh a thaobh mar a thèid fearann a chleachdadh san àm ri teachd, tha i a' toirt cead dealbhaidh airson leasachaidhean ùra, a' dealbhadh agus a' togail sgoiltean, rathaidean agus taighean ùra, cuide ri bhith a' cumail rian air goireasan ann an sgoiltean agus a thaobh glanadh.

Tha i a' toirt taic agus togalaichean seachad airson ghnòthachasan beaga, a' cuideachadh dhaoine aig nach eil cosnadh a bhith a' faighinn obair agus a' brosnachadh luchd-turais gus tlachd a ghabhail às an àrainneachd tro thaic airson turasachd agus cothrom chun a' bhlàir a-muigh. Tha i ag obair còmhla ri luchd-compàirt anns na roinnean poblach agus prìobhaideach gus bun-structair a sholarachadh a nì cinnteach gur e àite math a th' anns a' Ghàidhealtachd airson fuireach, obrachadh, ionnsachadh agus tadhal.

### *Suidheachadh nan Oifisean*

Tha Prìomh Oifis Chomhairle na Gàidhealtachd suidhichte air Rathad Ghlinn Urchadain ann an Inbhir Nis agus tha lìonradh de 32 ionadan-seirbheis agus ionadan intrigidh aig a' Chomhairle gus seirbheisean ionadail a libhrigeadh, a' toirt cothrom dhan phoball air comhairle is fiosrachadh agus àite far an urrainn dhaibh cunntasan bhon Chomhairle a phàigheadh.

Ann an 19 de dh'ionadan-seirbheis Chomhairle na Gàidhealtachd, tha a' Chomhairle cuideachd a' toirt seachad seirbheis chlàraidh, a' toirt cothrom dhan phoball a bhith a' clàradh breith, pòsadh agus bàs, a thuilleadh air a bhith a' cuairteachadh phòsaidhean is chom-pàirteachasan catharra.

### 3.2 Achd 2005 agus Foillseachadh Bratha

Chaidh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd ullachadh mar sgrìobhainn reachdail airson a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig mar fhreagairt do Bhrath Foirmeil Riatanais gum feumar Plana Gàidhlig ullachadh agus le aire do na riatanasan a tha air am mìneachadh ann an Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Chaidh am Plana ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd 2005, a' gabhail aire dhan *Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018–23*, agus an *Stiùireadh mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig* a tha a-nis air ùrachadh.

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe thèarainte a thoirt dhan Ghàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba, le co-ionannachd spèis leis a' Bheurla.

'S e aon de phrìomh fheartan Achd 2005 gu bheil comas aig Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumhachd seo a dhealbh gus dèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' dol an gnìomh gus àm ri teachd seasmhach a chruthachadh airson na Gàidhlig le bhith ag àrdachadh a h-inbhe is a h-ìomhaigh agus le bhith a' cruthachadh chothroman pragtaigeach far an urrainnear a cleachdadh.

'S i an sgrìobhainn seo an treas Plana Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha am Plana a' còmhdach còig bliadhna bho 2018–2023 agus a' togail air an adhartas a rinneadh san dà phlana mu dheireadh.

Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas Comhairle na Gàidhealtachd a' Ghàidhlig ann an obraichean Chomhairle na Gàidhealtachd, agus mar a chomasaicheas Comhairle na Gàidhealtachd cleachdadh, leasachadh is brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd agus le a prìomh luchd-compàirt.

### 3.3 Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba

Ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011, chaidh aithris gum b' urrainn do 57,375 neach (1.1% de shluagh na h-Alba seachad air trì bliadhna a dh'aois) a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Sheall an Cunntas-sluaigh gun do thuit an àireamh luchd-labhairt iomlan eadar 2001 agus 2011, ach gun deach an àireamh an-àird am measg nam buidhnean aoise a b' òige.


Tha an àireamh as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar agus sgìlean Gàidhlig air choreigin aig 61% de dhaoine aois trì bliadhna agus nas sine. Ann an sgìre na Gàidhealtachd tha an àireamh aig 7.4% agus ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd 5.9%. Bha Baile Ghlaschu coltach ri cuibheasachd na h-Alba aig 1.7%.

### Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ with speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1  
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig  
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



### 3.4 Cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Raon Obrachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne agus beatha chultarail na h-Alba. Tha dealas aig Comhairle na Gàidhealtachd do na h-amasan, na prìomh raointean agus na geallaidhean a tha air am mìneachadh ann am *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023*.

Tha am Plana seo stèidhichte air sia raointean prìomhachais a tha air am mìneachadh sa Phlana Nàiseanta:

A' Ghàidhlig san Dachaigh, sna Tràth-bhliadhnaichean agus ann an Cùram-chloinne; A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd; A' Ghàidhlig ann am Foghlam; A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas; A' Ghàidhlig san Àite-Obrach; agus Luach Sòisealta, Eaconamach agus Cultarail na Gàidhlig.

Tron tionndadh seo dhen Phlana Ghàidhlig, thathar a' toirt iomraidhean air 'Foghlam Gàidhlig'. Thathar a' cleachdadh a' bhriathair seo nuair a thathar a-mach air cùisean a' buntainn an dà chuid ri Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).


Chaidh Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a stèidheachadh gu foirmeil anns na 1980an. B' ann an Sgoil a' Mheadhain ann an Inbhir Nis a bha a' chiad solar FtG aig Comhairle na Gàidhealtachd. Bha clann a' faighinn bogadh sa chànan agus dh'fhaodadh iad a' Ghàidhlig a thogail thar eòlasan ionnsachaidh uile, mean air mhean a' togail comas is fileantas sa chànan. Tha FtG air fàs gu luath agus air soirbheachadh gu nàiseanta, agus 's i Comhairle na Gàidhealtachd an solaraiche as motha de FtG an-ceartuair. Tha foghlam Gàidhlig air fad cudromach, ach thathar ag aithneachadh gu bheil FtG a' tabhann an dòchais as fheàrr airson is gum mair is gun leasaich a' Ghàidhlig agus mar sin tha e na phrìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' lìbhrigeadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI). Ann am bun-sgoiltean canar Prògram Ionnsachadh Cànan Gàidhlig Bun-sgoile (*PLL* Gàidhlig) ris, agus seo a' dol an àite Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (*GLPS*). Tha seo air a lìbhrigeadh tro iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2, a bhios na làn-chòir do luchd-ionnsachaidh na h-Alba ro 2021. Faodar an làn-chòir seo a choileanadh tro chànan sam bith, agus tha iomadh ionad sa Ghàidhealtachd a' taghadh Gàidhlig. Tha am modal 1+2 air a lìbhrigeadh bho P1 gu ÀS3, agus luchd-ionnsachaidh a' cur eòlas air cànan a bharrachd ann am P1 (Cànan 2 no C2) agus cànan eile ann am P5 (Cànan 3 no C3). Sa mhodal seo, faodar gabhail ris a' Ghàidhlig mar C2 taobh a-staigh FtG, far a bheil a' mhòr-chuid dhen chloinn mar-thà fileanta sa Bheurla. Ann am FtG, chan fheum sgoilearan cànan eile a bharrachd air a' Ghàidhlig a ghabhail gu P4 nuair a tha Beurla (C1) air a toirt a-steach dhan churraicealam. Tha cànan a bharrachd (C3) an uair sin air a lìbhrigeadh bho P5.

Tha mapa air-loidhne air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd a tha a' sealltainn do phàrantan/luchd-gleidhidh – is cuideachd do phàrantan/luchd-gleidhidh a dh'fhaodadh a bhith a' smaoinichadh air gluasad dhan Ghàidhealtachd – far a bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' solarachadh foghlam sgoil-àraich, bun-sgoile agus àrd-sgoile.

Tha am mapa a' sealltainn an fhiosrachaidh a leanas:


- Gach solar sgoil-àraich Gàidhlig (Comhairle agus ionadan com-pàirteach) agus an àireamh chloinne a tha gam frithealadh
- Gach solar bun-sgoile Gàidhlig, an àireamh chloinne a tha gam frithealadh, agus an àrd-sgoil cho-cheangailte
- Gach solar àrd-sgoile Gàidhlig, an àireamh chloinne a' dèanamh chuspairean tron Ghàidhlig, na tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-labhairt fileanta, agus na tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh
- Post-d far am faod daoine fiosrachadh iarraidh mu chlasaichean Gàidhlig no gnìomhan Gàidhlig ann an coimhearsnachdan



(Gheibhear am fiosrachadh seo air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd aig: [http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic\\_medium\\_education](http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education))

## Foghlam tron Ghàidhlig 2016-17 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG      Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig      GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtB      GME primary with English ME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois      With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG      Associated with secondary school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG      Local authority with GME provision



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.  
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.  
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.  
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.  
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

Earrann bho Chunntas-sluaigh na h-Alba 2011		
	Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (2011)	Alba (2011)
<b>Gach neach aois 3 agus nas sine</b>	224,606	5,118,223
<b>% le comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn</b>	5.4	1.1

### **An Dealbh Nàiseanta – Bliadhna Acadaimigeach 2016–17**

Ann an co-theacs nàiseanta, sheall staitistigean Bhòrd na Gàidhlig gun robh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt taic do thargaidean Riaghaltas na h-Alba tro:

- 42% de chloinn ann an Solar Gàidhlig Aois 0–3 ann an Alba
- 30% de chloinn sgoil-àraich Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Alba
- 28% de chloinn bun-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Alba
- 30% de chloinn àrd-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Alba (a' dèanamh Gàidhlig no cuspairean tron Ghàidhlig)
- 57% de chloinn àrd-sgoile Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann an Alba



Àireamhan Sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig ann an Sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd					
Bliadhna	Sgoiltean-àraich/ Buidhnean-chluiche Barantaichte FtG	Sgoilearan Bun- sgoile FtG	Àrd-sgoil		
			FtG – A' dèanamh Gàidhlig	FtG – A' dèanamh chuspairean tron Ghàidhlig	Foghlam Luchd- ionnsachaidh na Gàidhlig
2015–16	256	881	328	255	1,474
2016–17	264	896	343	265	1,829

Tha Comhairle na Gàidhealtachd airson dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh choimeasan buntainneach a thaobh adhartas ann a bhith a' toirt fàs air àireamhan a tha a' dol a-steach gu, no a' gabhail, foghlam Gàidhlig. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail dàta a' sealltainn na h-àireimh sa cheud de sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig mar cho-roinn de dh'àireamhan iomlan chlàran-sgoile na Gàidhealtachd. Tha seo a' toirt sealladh nas iomlaine air na tha a' dol na lùib agus air coileanadh.

Sgoilearan ann an Sgoiltean-àraich Maoinichte le Airgead Poblach/Buidhnean Cluiche Barantaichte – Àireamhan sgoilearan aig <u>toiseach</u> na Bliadhna Acadaimigich		
Bliadhna	2015–16	2016–17
<b>Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd</b>	4,152	4,212
<b>Sgoilearan FtG</b>	256	264
<b>% Sgoilearan FtG</b>	6.17%	6.27%

Sgoilearan ann am Bun-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd Maoinichte le Airgead Poblach		
Bliadhna	2015–16	2016–17
<b>Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd</b>	17,263	17,381
<b>Sgoilearan FtG</b>	881	896
<b>% Sgoilearan FtG</b>	5.10%	5.16%
<b>Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLPS)</b>	2,123	Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh dhen tomhas.
<b>% GLPS</b>	12.30%	Neo-bhuntainneach – faic gu h-àrd

Tha dà dhòigh tomhais ann airson sgoilearan FtG: sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig airson luchd-labhairt fileanta (Gàidhlig) agus tomhas eile do sgoilearan a tha a' dèanamh chuspairean tron Ghàidhlig.

Sgoilearan ann an Àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd Maoinichte le Airgead Poblach		
Bliadhna	2015–16	2016–17
<b>Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd</b>	13,390	13,337
<b>Gàidhlig (Fileantaich)</b>	328	343
<b>% Gàidhlig (Fileantaich)</b>	2.45%	2.57%
<b>Cuspairean FtG</b>	255	265
<b>% Cuspairean FtG</b>	1.90%	1.99%
<b>Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)</b>	1,474	1,829
<b>% Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)</b>	11.01%	13.71%

## Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) & Modh-obrach 1+2 Chànan


Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-ceartuair a' leasachadh agus a' libhrigeadh trèanadh àrd-inbhe do luchd-obrach uile a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2 no C3 ann an sgìre na Gàidhealtachd.

<b>Sgoiltean C2</b>	25 sgoil a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2
<b>Sgoiltean C3</b>	72 sgoil a' libhrigeadh Gàidhlig mar C3
<b>Gàidhlig san Àrd-sgoil (Luchd-ionnsachaidh)</b>	15 àrd-sgoiltean a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
<b>Tuairmse air àireamh iomlan sgoilearan ag ionnsachadh Gàidhlig san Àrd-sgoil</b>	1,829

### 3.5 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh Suirbhidh Luchd-obrach bho àm gu àm. Chaidh an t-Suirbhidh Luchd-obrach mu dheireadh a dhèanamh ann an 2015.

Bha dà cheist a' buntainn ris a' Ghàidhlig anns an t-suirbhidh, mar a leanas:




C12/5 Seo aithrisean mu phoileasaidhean agus iomairtean na Comhairle.

A bheil, no nach eil, iad a' buntainn riut fhèin?

Tha mi taiceil dhan Chomhairle ann a bhith a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig.

<b>Bunait Sampaill Uile</b>	<b>3,831</b>
Tha	56%
Chan eil	42%
Cha tugadh freagairt	2%

**A-mach à iomlan de 3,831 Bunait Sampaill**



C27. Dè an t-eòlas a th' agad air cànan na Gàidhlig?

<b>Bunaitean Sampaill Uile</b>	<b>3,831</b>
Cumaidh mi còmhradh sa Ghàidhlig	3%
Bruidhnidh mi Gàidhlig mheadhan-ìre	1%
Bruidhnidh mi Gàidhlig bhunaiteach	10%
Cha bhruidhinn mi Gàidhlig idir	85%
Cha tugadh freagairt	1%

Tha 12 mion-amasan aig Ro-innleachd Chonaltraidh Chorporra Chomhairle na Gàidhealtachd, agus 's e aon dhiubh:

*'Cànan agus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh a rèir geallaidhean Prògram na Comhairle agus ar Plana Gàidhlig.'*

Tha seo a' sealltainn gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' sìor thogail deagh ìomhaigh airson a' chànan, gu h-àraid a thaobh nam meadhanan Gàidhlig, agus tro bhith a' brosnachadh theachdaireachdan matha a thaobh na Gàidhlig agus iomadachd is in-ghabhail.

Ann a bhith a' comharrachadh phrìomh chlachan-mìle a leithid 25mh ceann-bliadhna Foghlam tron Ghàidhlig, tha a' Chomhairle a' gabhail cothrom gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha foghlam Gàidhlig bho 0–18 a' leasachadh agus a chliù a chomharrachadh. Tha Comhairle na Gàidhealtachd airson leasachadh a lìbhrigeadh thar foghlam Gàidhlig tro phròiseasan làidir fèin-mheasaidh is cho-chonaltraidh. Tha tachartasan a leithid 25mh ceann-bliadhna Foghlam tron Ghàidhlig cuideachd a' toirt cothrom tachartasan a chur air dòigh a tha a' comharrachadh cho fìor chudromach 's a bha an obair a rinn pàrantan ann a bhith a' leasachadh solar, agus sin a' toirt tuigse do phàrantan a dh'fhaodas a bhith feumail a thaobh an cuid eòlasan làitheil fhèin. (Chumadh sia tachartasan co-chomhairleachaidh).

## 4. Plana na Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Tha *Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023* a' cur an cèill structar foirmeil airson a bhith a' neartachadh leasachaidhean làithreach agus airson a bhith a' toirt a-steach iomairtean ùra agus targaidean soilleir. Tha seo a' faighinn taic tro Phrògram Chomhairle na Gàidhealtachd, 'Guthan Ionadail, Roghainnean Gàidhealach', anns a bheil ìre àrd lèirsinn a thaobh thoraidhean is cheumannan gus na cuspairean prìomhachais a lìbhrigeadh, agus a thèid a sgrùdadh mar phàirt dhen Phlana Chorporra.

Tha Sgioba na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd stèidhichte ann an Seirbheis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh agus tha dleastanas chorporra aige airson na Gàidhlig. 'S e Manaidsear Sgìreil a' Chùraim agus an Ionnsachaidh (Siar) Oifigear Stiùiridh na Gàidhlig airson na h-Àrd-sgioba Stiùiridh.

Am measg luchd-obrach Sgioba na Gàidhlig aig a bheil dleastanas obrachaidh làitheil tha: Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (Corporra), Oifigear Foghlaim Gàidhlig, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh, trì Oifigearan Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Gàidhlig), Neach-cuideachaidh Stòrasan Gàidhlig, agus Oifigear Leasachaidh Gàidhlig 1+2.

Tha Buidheann Ro-innleachd agus Buileachaidh na Gàidhlig air a h-ainmeachadh gus sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air buileachadh a' Phlana. Tha a' Bhuidheann air a stiùireadh le sgioba tar-phàrtaidh de Bhuill thaghte.

Gheibhear am Plana air eadar-lìon Chomhairle na Gàidhealtachd agus anns na meadhanan sòisealta.

Mu dheireadh, tha e cudromach cur an cèill gu bheil am Plana so-fhreagarrach gus an urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd freagairt air suidheachaidhean caochlaideach. Tha am Plana cuideachd a' toirt subailteachd dhan Chomhairle gus freagairt air cothroman a dh'fhaodadh tighinn am bàrr a thaobh a lìbhrigeadh is a bhuileachadh.



## 5. A' Bhuaidh a dh'Fhaodadh a Bhith aig Dealbhadh is Poileasaidh air a' Ghàidhlig agus Ceanglaichean gu Prìomhachasan Nàiseanta

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh ged a bhios na prìomh raointean eadar-dhealaichte a tha air an comharrachadh sa Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig air an cur an gnìomh gu ìre tro Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, gun tig cothroman am bàrr gus Gàidhlig agus cultar a bhrosnachadh is a leasachadh tro phlanaichean làithreach agus ceumanna poileasaidh a th' ann mar-thà. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh ath-sgrùdadh cunbhalach air aithrisean is geallaidhean poileasaidh gus raointean a chomharrachadh far am faodadh a' Ghàidhlig a bhith air a' toirt a-steach gu gnìomhach, a bharrachd air na prìomhachasan sa Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a tha air an tòiseachadh tro na ceumanna seo.

### 5.1 Ag Àbhaisteachadh na Gàidhlig ann am Poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' faicinn an leasachaidh ro-ainmichte mar nì a chuireas ri bhith ag àbhaisteachadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha làitheil.

### 5.2 Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023

Tha *Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018–2023* a' gabhail a-steach nam prìomh raointean a leanas:

- Iomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean is sna coimhearsnachdan aca
- Iomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig
- Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta is ùra
- Gàidhlig sna h-ealain, ann am foillseachadh agus sna gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean Gàidhlig

- Gàidhlig san àite-obrach
- Cleachdadh na Gàidhlig sna gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan
- Iomairtean a neartaicheas beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chànain
- Iomairtean a bhrosnaicheas ceanglaichean le luchd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a geallaidhean ro-innleachdail, a prìomh thoraidhean coileanadh agus a gnìomhan comasachaidh a mhìneachadh a rèir nam prìomh raointean sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig mar a leanas:

- A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne
- A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd
- A' Ghàidhlig ann am Foghlam
- A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas
- A' Ghàidhlig san Àite-obrach
- Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig

### 5.3 Prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba

Tha còig mion-amasan ro-innleachdail aig Riaghaltas na h-Alba a tha air cùl a chuid obrach – Alba a tha: Nas Beartiche is Nas Cothromaiche, Nas Glice, Nas Fallaine, Nas Sàbhailte is Nas Làidire, agus Nas Uaine.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' togail air, agus a' sìor neartachadh, na h-obrach a rinneadh san dà thionndadh mu dheireadh de a Planaichean Gàidhlig, agus tha dealas aice do bhith a' coileanadh còig mion-amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba, mar a thugadh fa-near gu h-àrd.

### 5.4 Prìomhachasan Ionadail

Tha Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd ag amalachadh prìomhachasan ro-innleachdail is obrachail na buidhne cuide ris na prìomhachasan leasachaidh sa Phrògram Atharrachaidh agus prìomhachasan Prògram na Comhairle. Tha e

a' mìneachadh nan ceumannan is nan gnìomhan a tha a dhìth gus prìomhachasan na Comhairle a libhrigeadh is a sgrùdadh airson 2019–2022.

Tha iomadh àrd-amas sa Phlana Chorporra, agus 's e aon dhiubh seo a' Ghàidhealtachd a dhèanamh na h-àite-fuirich nas fheàrr buileach. 'S e aon de thoraidhean an àrd-amais seo:

*'... brosnachadh agus taic a thoirt do chànan is chultar na Gàidhlig tron treas Phlana Gàidhlig.'*

## 6. Geallaidhean a' Phlana

### 6.1 Àrd-amasan

Chaidh na h-àrd-amasan a leanas a mhìneachadh mar phrìomhachasan do Chomhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' toirt taic do Phlana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus tha dealas aice do bhith a' coileanadh nan amasan seo tro bhith a' buileachadh a' Phlana, mar a chaidh aontachadh le Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd air 1d Gearran 2017:

- Gu bheil ceann-latha libhrigidh anns a' Phlana airson gach gealladh.
- Gu bheil na geallaidhean uile ann an tionndaidhean nas tràithe de Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a tha fhathast taobh a-staigh a raoin-obrach air an toirt air adhart agus air an gabhail a-steach.
- Gu bheil seirbheisean agus goireasan Gàidhlig uile a' taisbeanadh co-ionannachd spèis airson na Gàidhlig agus na Beurla.
- Gu bheil seirbheisean agus goireasan Gàidhlig uile air an tabhann is air am brosnachadh gu gnìomhach, a' gabhail a-steach làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Gu bheil na tha a' cleachdadh ghoireasan is sheirbheisean Gàidhlig air a sgrùdadh agus gu bheilear a' brosnachadh seo ma tha àireamhan ìosal.

#### Seirbheisean Poblach

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd ag àbhaisteachadh spèis airson na Gàidhlig agus na Beurla thar a seirbheisean is a poileasaidhean agus taobh a-staigh a' Phlana Chorporra.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad roghainn chànain (Gàidhlig agus Beurla) air làrach-lìn na Comhairle nuair a tha susbaint na Gàidhlig air a mheudachadh.

## An Dachaigh agus Na Tràth-bhliadhnaichean

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail suas dàimh-obrach dhlùth le luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig a thaobh solar thràth-bhliadhnaichean agus cùraim-chloinne ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus ann a bhith ag ullachadh airson fàs anns na bliadhnaichean ro-sgoile, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh FtG do chloinn ro-sgoile uile.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh sgrùdadh air sgilean Gàidhlig am measg phàrantan gus dàta bun-loidhne a chruthachadh airson a bhith a' dealbhadh sheirbheisean san àm ri teachd.

## Foghlam

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' meudachadh na h-àireimh sa cheud de sgoilearan ann am FtG bho na figearan a tha a' sealltainn na dh'fhaodadh clàrachadh aig prìomh ìrean eadar-ghluasaid.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' meudachadh na h-àireimh sa cheud de sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig tron phrògram Ionnsachadh Cànan sa Bhun-sgoil, stèidhichte air Modh-obrach 1+2 Chànan agus às dèidh sin tro Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil thar sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' cruthachadh ro-innleachd eadar-ghluasadan airson clann ann an cùram-chloinne 0–3/cùram-chloinne gu sgoil-àraich, sgoil-àraich gu bun-sgoil, bun-sgoil gu àrd-sgoil 1, agus am Foghlam Coitcheann Farsaing gu àrd-ìre.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' leasachadh curraicealam agus plana sgioba-obrach airson a bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig aig gach ìre (0–3, sgoil-àraich, bun-sgoil agus àrd-sgoil) a' gabhail a-steach a bhith a' toirt sanasachd shoilleir do [www.teagasg.com](http://www.teagasg.com) agus fastadh thràth-bhliadhnaichean tro làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh suirbhidh air feadh na Gàidhealtachd de luchd-obrach foghlam Gàidhlig a th' ann mar-thà gus feumalachdan ionnsachaidh proifeiseanta fad-dreuchd a chomharrachadh, gu

h-àraid a thaobh sgilean cànan Gàidhlig, agus a' leasachadh prògram de thrèanadh agus taic.

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air a' Ghàidhlig mar phàirt de leasachadh calpa nan oighreachdan sgoile anns gach suidheachadh far a bheil e comasach sin a dhèanamh.

#### A' Choimhearsnachd

- Gu bheil ceangal soilleir eadar na geallaidhean ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus na seirbheisean riatanach a tha High Life na Gàidhealtachd a' libhrigeadh tron Ghàidhlig, gu h-àraid cleasan taobh a-muigh na sgoile do dh'òigridh le Gàidhlig.
- Gu bheil Plana na Gàidhlig a' mìneachadh sheirbheisean sam bith a tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad do sheann daoine le Gàidhlig agus mar a thèid an leasachadh.
- Gu bheil luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd ag obair ri taobh luchd-compàirt gus Planaichean Gàidhlig choimhearsnachdan ionadail a stèidheachadh, le amas air sgoiltean agus pàrantan.

#### An t-Àite-obrach

- Gu bheil spiorad Ghàidhlig air a stèidheachadh is air a cumail suas taobh a-staigh gach sgoil Ghàidhlig le Comhairle na Gàidhealtachd tro thrèanadh agus in-sheirbheis.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh oidhirp gus dreuchdan Gàidhlig a bhrosnachadh air stèidh bhliadhnail aig a' char as lugha, tro sgìre na Gàidhealtachd air fad.
- Gu bheil a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach taobh a-staigh prògram ghreisean-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd do cheumnaich.

## Na h-Ealain, Cultar is Dualchas

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail suas taic airson prògram ealain, cultair is dualchais ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

## An Eaconamaidh

- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' toirt taic do leasachaidhean Gàidhlig taobh a-staigh a ro-innleachd leasachadh eaconamach.
- Gu bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart ag obair le luchd-compàirt gus dèanamh cinnteach gu bheil na làn-bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib na Gàidhlig, mar a chaidh a chomharrachadh ann an rannsachadh Ar Stòras Gàidhlig, air an toirt gu buil.

## 6.2 Geallaidhean Ìre Seirbheis

Tha sgrìobhainn Bhòrd na Gàidhlig, *Stiùireadh air Dealbhadh Plana Cànan Gàidhlig*, a' mìneachadh nan cumhachan airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil phoblach, a' cruthachadh slighe gu ruige 'àbhaisteachadh', a' togail ìomhaigh na Gàidhlig agus mothachadh mun Ghàidhlig, agus a' ciallachadh gu bheil a' cleachdadh na Gàidhlig barrachd.

Leanaidh Comhairle na Gàidhealtachd air adhart a' comasachadh is a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig thar nan sia geallaidhean taobh a-staigh a libhrigeadh seirbheis agus a dreuchdan reachdail.

## 6.3 Follaiseachd

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche seach gu bheil seo a' neartachadh inbhe a' chànain, agus tha dealas aice do bhith a' toirt taic dhan amas seo.

Tha dearbh-aithne chorporra dà-chànanach aig Comhairle na Gàidhealtachd, agus thèid seo a chur air adhart rè beatha a' Phlana.

A bharrachd, thèid an *Stiùireadh air mar a Thathar a' Cleachdadh na Gàidhlig ann an Seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd* a neartachadh, a' sìor dhaingneachadh gur e aon de phrionnsabalan bunaitich a' phoileasaidh a bhith a' dèanamh cinnteach nuair a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh le Comhairle na Gàidhealtachd, gum bi co-ionannachd spèis eadar i agus a' Bheurla agus gum bi an aon seòrsa is meud clò air an cleachdadh, le co-ionannachd dealbhaidh.

Bidh soidhnichean uile air togalaichean is cuid-seilbh le Comhairle na Gàidhealtachd (oifisean, sgoiltean, ionadan-spòrs, leabharlannan stèidhichte is siùbhlach, taighean-tasgaidh, tasglannan, ionadan-coimhearsnachd, dachaighean cùraim còmhnaidheach, taighean-beaga poblach, pàircean cluiche agus cur-seachad, is eile) dà-chànanach. Airson soidhnichean air an taobh a-muigh, bidh a' Ghàidhlig os cionn na Beurla agus airson soidhnichean air an taobh a-staigh bidh a' Bheurla os cionn na Gàidhlig. Nuair a tha soidhnichean ùra air an cur an sàs no nuair a dh'fheumas soidhnichean ùra a dhol an àite soidhnichean a th' ann mar-thà, thèid soidhnichean dà-chànanach a chur suas.

Bidh soidhnichean fàilte gu bailtean beaga is mòra dà-chànanach, agus bidh soidhnichean rathaid Chomhairle na Gàidhealtachd dà-chànanach. Bidh suaicheantasan eachdraidheil baile air na soidhnichean far a bheil sin iomchaidh. Bidh a' Ghàidhlig ann an uaine agus bidh a' Bheurla ann an dubh air na soidhnichean seo.

Nuair a thathar ag ainmeachadh shràidean agus leasachaidhean ùra, agus nuair a dh'fheumas soidhnichean sràide a th' ann mar-thà a bhith air an ùrachadh air sgàth aois no milleadh, thèid ainmean Gàidhlig a bhrosnachadh. Thèid ceanglaichean eachdraidheil is cultarail ionadail a chleachdadh ma bhios am fiosrachadh sin ri fhaotainn. Thèid co-chomhairle a chumail le Comhairlean Coimhearsnachd agus Buill Uàrdan ionadail.

(Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd: [https://highland.gov.uk/downloads/file/11857/guidelines\\_on\\_the\\_use\\_of\\_gaelic\\_in\\_highland\\_council\\_services](https://highland.gov.uk/downloads/file/11857/guidelines_on_the_use_of_gaelic_in_highland_council_services))



## 6.4 Luchd-obrach

Tha poileasaidh aig Comhairle na Gàidhealtachd a' buntainn ri bhith a' sònrachadh dhreuchdan far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach no so-mhiannach gus dleastanasan na dreuchd a ghabhail os làimh.

### *Brathan oifigeil, brathan poblach agus sanasan fastaidh*

Tha na h-earrannan a leanas air an toirt bhon sgrìobhainn *Stiùireadh air Soidhnichean Dà-chànanach do Luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd agus Stiùireadh a Bharrachd air mar a Thathar a' Cleachdadh na Gàidhlig* aig Comhairle na Gàidhealtachd.

Ann am brathan agus sanasan poblach a tha air am foillseachadh ann am pàipearan-naidheachd ionadail agus nàiseanta agus anns a bheil cuspairean a tha a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig, thèid an teacs a fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, leis a' Bheurla às a dèidh.

Nuair a thathar ag ullachadh agus a' foillseachadh shanasan airson luchd-obrach fhadth, cumaidh Comhairle na Gàidhealtachd ris na h-ullachaidhean a leanas nuair a thathar a' sanasachd air an taobh a-muigh.

Bidh sanasan airson dreuchdan dham bheil fileantas sa Ghàidhlig na feart riatanach a' nochdadh:

- sa Ghàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Gàidhlig; agus
- sa Ghàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Beurla, le brath mìneachaidh sa Bheurla.

Airson sanasan airson dreuchdan far a bheil fileantas sa Ghàidhlig na feart sho-mhiannach agus sanasan airson dreuchdan far nach deach riatanas cànan a shònrachadh, cumaidh Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairle le Bòrd na Gàidhlig a thaobh stiùireadh laghail agus le dùil na h-ullachaidhean a leanas a chur an gnìomh:

- dà-chànanach ann am foillseachaidhean Beurla ann an Alba;

- sa Bheurla a-mhàin ann am foillseachaidhean a tha air an cuairteachadh air feadh na Rìoghachd Aonaichte; agus
- sa Ghàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Gàidhlig.

Bidh obraichean far a bheil a' Ghàidhlig riatanach air an sanasachd gu dà-chànanach air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd. Nuair a thèid brathan is sanasan fhoillseachadh gu dà-chànanach, bidh an dà chànan co-ionann ann an stoidhle agus taisbeanadh.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cur chlasaichean Gàidhlig air dòigh an-ceartuair. Tha Buill thaghte agus luchd-obrach na Comhairle air am brosnachadh gus na clasaichean a fhrithealadh agus gheibh iad lùghdachadh 50% ann an cìsean clasa.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag amas air trèanadh gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig a chur air adhart, an dà chuid do Bhuill thaghte agus luchd-obrach, mar phàirt de phrògram trèanaidh do luchd-obrach.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus ann an conaltradh air an taobh a-staigh, tro ghrunn dhòighean, gu h-àraid ann an sgrìobhainnean corporra, aithisgean comataidh, agus sna meadhanan sòisealta.

## 6.5 Obrachaidhean Làitheil

Tha luchd-obrach Ionad-Seirbheis Chomhairle na Gàidhealtachd air trèanadh fhaighinn gus an urrainn dhaibh daoine fhàilteachadh gu dà-chànanach nuair a bhios iad a' freagairt nam fònaichean. Tha fàilteachaidhean Gàidhlig cuideachd air an t-siostam fòn fèin-obrachail, agus tha seo air a stiùireadh bhon Ionad-Sheirbheis ann an Alanais.

Tha co-sgrìobhachas a tha Comhairle na Gàidhealtachd a' faighinn anns a' Ghàidhlig cuideachd a' faighinn freagairt anns a' Ghàidhlig.

Thathar a' brosnachadh luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd teachdaireachdan a-mach à oifis dà-chànanach agus bannan-coise dà-chànanach a bhith sna puist-d aca.

Tha sgrìobhainnean is foillseachaidhean poblach uile a' buntainn ris a' Ghàidhlig – i.e. bileagan, postairean, fiosan naidheachd, stuth eadar-mhìneachaidh, sgrìobhainnean fiosrachaidh, aithisgean agus clàran-gnothaich is geàrr-chunntasan choinneamhan – air am foillseachadh gu dà-chànanach. Far nach eil sgrìobhainnean a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig, bidh Gàidhlig annta. Mar as trice bidh seo a' ciallachadh gum bi tiotalan is fo-thiotalan sa Ghàidhlig.

A' leantainn air adhart bho thrèanadh soirbheachail do luchd-obrach an Ionaid-Sheirbheis gus fàilteachaidhean dà-chànanach a thoirt seachad, thèid trèanadh a sgaoileadh a-mach gu luchd-obrach eile ann an ionadan-fàilte agus luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball, gus fàilteachaidhean dà-chànanach a thoirt seachad, an dà chuid nuair a thathar a' freagairt nam fònaichean agus a' coinneachadh a' phobaill aghaidh ri aghaidh.

Tha coinneamhan Buidheann Ro-innleachd agus Leasachaidh na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd air an cumail gu dà-chànanach.

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad fàilte Ghàidhlig aig tachartasan is coinneamhan le ìomhaigh àrd.

Feumaidh oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd a tha a' libhrigeadh thaisbeanaidhean tro PowerPoint agus prògraman Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh eile, a' Ghàidhlig a thoirt na lùib. Mar as trice, bidh seo mar thiotal dà-chànanach aig a' char as lugha. Ma bhios taisbeanaidhean a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig, thathar an dùil gum bi iad gu tur dà-chànanach.

Tha coinneamhan poblach a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig air an cumail sa Ghàidhlig, le taic bho eadar-theangachadh mar-aon.

## 6.6 Buidhnean Leth-eisimeileach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag obair agus a' cumail co-chonaltradh le High Life na Gàidhealtachd, carthannas a chaidh a stèidheachadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus cothroman ann an cultar, ionnsachadh, spòrs, cur-seachad agus slàinte is sunnd a leasachadh is a bhrosnachadh thar naoi seirbheisean air feadh na Gàidhealtachd air fad, an dà chuid airson luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad seirbheis eadar-theangachaidh Ghàidhlig do High Life na Gàidhealtachd.

## 6.7 Aontaidhean Treas Phàrtaidh

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail conaltradh cunbhalach le a luchd-compàirt ann an dealbhadh coimhearsnachd, agus tha geallaidhean ro-innleachdail aca uile do leasachadh Gàidhlig agus tha iad air planaichean Gàidhlig a dhèanamh mar-thà no tha iad an sàs ann a bhith a' dèanamh phlanaichean Gàidhlig.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd na buidheann stiùiridh a thaobh Buidheann Chuspaireil nan Com-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd airson Gàidhlig.

Tha Aontaidhean Lìbhrigeadh Seirbheis aig Comhairle na Gàidhealtachd le buidhnean leth-eisimeileach agus far a bheil sin iomchaidh tha gealladh Gàidhlig agus/no cultarail air a ghabhail a-steach san aonta. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' togail air a seo agus a' sior thoirt taic do na buidhnean leth-eisimeileach ann a bhith a' buileachadh nan gnìomhan comasachaidh aca.

## 6.8 Conaltradh

Tha fiosan naidheachd agus brathan a tha a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig air am foillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd. Bidh a' Ghàidhlig a' nochdadh an toiseach, le tiotal dà-chànanach agus roghainn 'Leugh sa Bheurla'.

## 6.9 Inbhean Corpas na Gàidhlig

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gealltainn cumail ri modhan litreachaidh Gàidhlig agus litreachadh cunbhalach a chleachdadh ann an soidhnichean agus sgrìobhainnean uile.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gealltainn gun tèid co-chomhairle a chumail le Ainmean-Àite na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun tèid cruthan cearta is

ùghdarrasach de dh'ainmean-àite Gàidhlig a chleachdadh ann an soidhnichean agus sgrìobhainnean uile.

## 7. GEALLAIDHEAN RO-INNLEACHDAIL AGUS GNÌOMHAN COMASACHAIDH AIRSON NAN SIA CUSPAIREAN SA PHLANA

Cuspair 1 – A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne

### 1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun leanar air adhart a' toirt taic do chom-pàirteachasan Gàidhealach gus goireasan a chruthachadh a bheir brosnachadh is taic do phàrantan no luchd-gleidhidh ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.

### Luchd-compàirt

Bòrd na Gàidhlig, Care and Learning Alliance, Comann nam Pàrant, Comhairlean Phàrant, Comunn na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Buidheann Ath-sgrùdaidh Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd.

### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Pasgan ùr goireasan a chruthachadh, anns a bheil a' chiad phàirt de bhidio Fàs Foghlaim a tha ri fhaotainn air na meadhanan sòisealta, agus bileag a' cur air adhart buannachdan dà-chànanaidh, gus pàrantan/luchd-gleidhidh a bhrosnachadh a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh;

- Clasaichean cànan leantainneach a chur air dòigh agus a leasachadh timcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte na Comhairle, far a bheil FtG ri fhaotainn;
- Bùithtean-obrach co-chomhairleach a chur air dòigh do phàrantan FtG, agus air obrachadh le pàrantan cuide ri luchd-compàirt eile sa choimhearsnachd;
- Obrachadh le luchd-compàirt gus iomairt 'Seachdain Ionnsachadh Gàidhlig Teaghlaich' a chur air dòigh agus a leudachadh.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Nì co-chonaltradh le luchd-compàirt cinnteach à co-obrachadh èifeachdach.
- Bidh Sgrùdadh Sgilean Cànan Gàidhlig air a ghabhail os làimh gus dàta bun-loidhne a chruthachadh airson seirbheisean a dhealbh san àm ri teachd. A' leantainn air adhart bhon eacarsaich seo, bidh targaid air a suidheachadh airson a bhith a' toirt fàs air an àireimh phàrantan a tha a' dol an sàs ann an cothroman ionnsachaidh Gàidhlig tro bheatha a' Phlana.
- Bidh làthaireachd is com-pàirteachas theaghlaichean ann an raon de thachartasan teaghlaich Gàidhlig air am meudachadh. Bidh taic airson nan tachartasan seo, mar eisimpleir Seachdain Ionnsachadh Teaghlaich na Gàidhlig, a' leantainn air adhart.
- Bidh aire mu dhà-chànanas agus na buannachdan a tha an lùib Foghlam tron Ghàidhlig air a bhrosnachadh mu thimcheall nam Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte far a bheil Foghlam tron Ghàidhlig air a thoirt seachad.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Gabh os làimh suirbhidh de phàrantan/luchd-gleidhidh chloinne a tha an lùib foghlam Gàidhlig gus sgrùdadh stèidhichte air sgilean cànan Gàidhlig a chruthachadh, gus seirbheisean a dhealbhadh san àm ri teachd airson taic a thoirt do ionnsachadh cànan san dachaigh.	Foghar 2018 Foghar 2020 Foghar 2022	I&LC
<b>(ii)</b> Cuir air dòigh agus libhrig clasaichean cànan do phàrantan timcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte na Comhairle, far a bheil FtG ri fhaotainn. Am measg eisimpleirean de chlasaichean tha: clasaichean luchd-tòiseachaidh do phàrantan a thèid a chumail tron latha, clasaichean luchd-tòiseachaidh airson ionnsachadh teaghlach, clasaichean luchd-tòiseachaidh agus meadhan-ìre do dh'inbhich stèidhichte sa choimhearsnachd.	Bliadhnail	I&LC
<b>(iii)</b> Libhrig seiseanan a' buntainn ri foghlam Gàidhlig gus comhairle is fiosrachadh a thoirt do phàrantan mu ghrunn chùisean, mar eisimpleir: buannachdan dà-chànanaidh, goireasan a tha rim faotainn, agus mar a bheir iad taic dhan cuid chloinne san dachaigh.	Samhain de gach seisean sgoile	I&LC
<b>(iv)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus iomairtean a leithid Seachdain Ionnsachadh Teaghlach na Gàidhlig a chur air dòigh agus a leudachadh.	Bliadhnail	I&LC
<b>(v)</b> Libhrig prògram measgaichte de thachartasan brosnachaidh FtG a tha ag amas air teaghlachean chloinn ro-sgoile.	Gearran de gach seisean sgoile	I&LC



<p><b>(vi)</b> Bi mothachail mu fheumalachdan dhaoine òga le sgilean Gàidhlig a tha fo chùram Chomhairle na Gàidhealtachd, agus thoir seirbheisean Gàidhlig dhaibh mar phàirt de dhleastanasan Pàrantachd Chorporra Chomhairle na Gàidhealtachd.</p>	<p>Bliadhnaile</p>	<p>MSC&amp;I</p>
--	--------------------	------------------

## Cuspair 2 – A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

### 2.1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun toirear cothroman seachad gus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a bhrosnachadh is a mheudachadh.

#### Luchd-compàirt

Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba (Bliadhna na h-Òigridh 2018) Comann nam Pàrant, Comunn na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, High Life na Gàidhealtachd, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, An Comunn Gàidhealach, Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois, Buidheann Ath-sgrùdaidh Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd, Dealbhadh Coimhearsnachd, Buidhnean Leasachaidh Gàidhlig Ionadail.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Gnìomhan taic cànanain a chruthachadh timcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte na Comhairle, far a bheil FtG air a thoirt seachad;
- Taic a thoirt do chlubaidhean obair-dachaigh, clubaidhean às dèidh sgoile agus cleasan a th' ann mar-thà, agus air cleasan a leudachadh far a bheil sin seasmhach;
- Cothroman a thoirt seachad airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig eadar ghinealaichean;

- Tachartasan coidsidh a chur air dòigh do sgoilearan àrd-sgoile FtG agus air a' Ghàidhlig a thoirt an lùib Prògram nan Cleasan Samhraidh ann an com-pàirteachas le High Life na Gàidhealtachd;
- Prògram ealain, meadhanan is cur-seachad Gàidhlig a leasachadh, a' gabhail a-steach cleasan dràma, film agus spòrs;
- Taic a chur ris an fharpais bhall-coise 'Cuach na Cloinne' agus air taic a chur ri bhith a' leasachadh farpais iomain nàiseanta do sgoiltean, 'Cupa Iomain na h-Òige'.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh prògram de thachartasan taobh a-muigh na sgoile do sgoilearan bun-sgoile FtG air a chur air dòigh ann an co-bhann le prìomh luchd-compàirt.
- Bidh prògram thachartasan gus taic a thoirt do sgoilearan FtG agus Luchd-ionnsachaidh ann am foghlam àrd-sgoile air a chur air dòigh agus air a lìbhrigeadh ann an co-bhann le prìomh luchd-compàirt.
- Bidh seirbheisean do sheann daoine le Gàidhlig air an solarachadh ann an co-bhann le luchd-compàirt bunaiteach.
- Bidh Oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus taic a thoirt do Phlanaichean Gàidhlig choimhearsnachdan ionadail le aire air sgoiltean, òigridh agus pàrantan.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Cruthaich gnìomhan airson taic cànan timcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte na Comhairle far a bheil foghlam Gàidhlig air a thoirt seachad.	Dàmhair de gach seisean sgoile	I&LC
<b>(ii)</b> Ann an com-pàirteachas le High Life na Gàidhealtachd, cuir tachartasan coidsidh air dòigh do sgoilearan àrd-sgoile ann am foghlam Gàidhlig gus an urrainn dhaibh cleasan a libhrigeadh sa Ghàidhlig.	Bliadhnail	I&LC
<b>(iii)</b> Thoir taic do chleasan neo-churraicealach Gàidhlig, a leithid chlubaidhean às dèidh sgoile a th' ann mar-thà, agus leudaich orra san àm ri teachd.	Dàmhair de gach seisean sgoile	I&LC
<b>(iv)</b> Lean air adhart agus thoir taic do phrògram chlasaichean inbheach stèidhichte sa choimhearsnachd.	Bliadhnail	I&LC
<b>(v)</b> Thoir tuilleadh leasachaidh air Iomairt Litearras nan Inbheach tro phrògram chlasaichean a tha ag amas air luchd-labhairt aig a bheil a' Ghàidhlig mar chiad chànan.	Bliadhnail	I&LC
<b>(vi)</b> Stèidhich prògram trèanaidh do dh'oidhean Gàidhlig.	Bliadhnail	I&LC
<b>(vii)</b> Thoir seachad cothroman airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig eadar ghinealaichean, gu h-àraid eadar seann daoine agus daoine òga.	Cèitean de gach seisean sgoile	I&LC
<b>(viii)</b> Cuir air dòigh agus libhrig Seachdain nan Deugairean do sgoilearan àrd-	Bliadhnail	I&LC

sgoile, an dà chuid fileantaich agus luchd-ionnsachaidh, gach bliadhna aig SMO.		
<b>(ix)</b> Neartaich an ceangal le ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd taobh a-staigh solar foghlam Gàidhlig fa leth.	Sultain de gach seisean sgoile	OLG
<b>(x)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus prògram thachartasan Ealain agus Spòrs a libhrigeadh timcheall air sgoiltean FtG fa leth.	Sultain de gach seisean sgoile	OLG
<b>(xi)</b> Cruthaich cothroman tro luchd-eagrachaidh nam Mòdan Roinneil a bheir cothrom airson iomlaid eadar-ghinealaich a thaobh sgilean is bheachdan agus a bheir barrachd misneachd do dh'òigridh ann a bhith a' cleachdadh a' chànain.	Bliadhnail	OLG
<b>(xii)</b> Lean air adhart a' toirt taic do thachartasan spòrs, a leithid farpais bhall-coise 'Cuach na Cloinne' agus farpais iomain nàiseanta nam bun-sgoiltean 'Cupa Iomain na h-Òige' (pròiseact pileatach a thathar an dòchas a thig gu bhith na thachartas bliadhnail, stèidhichte sa Ghàidhealtachd ach fosgailte do sgoiltean air feadh Alba).	Sultain gach bliadhna	I&LC OLG
<b>(xiii)</b> Cùm ceangal le High Life na Gàidhealtachd gus a' Ghàidhlig a thoirt an lùib nam prògraman chleasan aca, a rèir nan teirmean ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.	Bliadhnail	I&LC
<b>(xiv)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt airson cothroman a thoirt seachad gus sgilean coitcheann a leasachadh tro ghnìomhan a leithid nan tachartasan deasbaid is dualchais a bhios air an cumail ann am bun-sgoiltean FtG.	Sultain de gach seisean sgoile	I&LC

## Cuspair 2 – A’ Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

### 2.2 Gealladh Ro-innleachdail

Gun cuirear ri agus gun toirear taic do Phlanaichean Leasachaidh Chom-pàirteachasan Coimhearsnachd, agus gun dèanar ceangal le buidhnean a th’ ann mar-thà gus dòigh-obrach in-ghabhaltach a bhrosnachadh is a chuideachadh a thaobh na Gàidhlig. Gun leanar a’ toirt taic is comhairle do bhuidhnean coimhearsnachd a thaobh leasachadh is cleachdadh na Gàidhlig.

### Luchd-compàirt

An luchd-compàirt uile anns na Com-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd, Comunn na Gàidhlig, Comann nam Pàrant, Sabhal Mòr Ostaig, buidhnean phàrant is luchd-ùidh.

### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Tachartasan agus stuthan a leasachadh airson margaidheachd agus airson mothachadh a thogail mun Ghàidhlig, a’ cur air adhart nam buannachdan a tha an lùib dà-chànanaidh, a’ gabhail a-steach leasachaidhean ro-sgoile;
- Clasaichean còmhraidh Gàidhlig a chur air dòigh;
- Clasaichean cànanain leantainneach a chur air dòigh;
- Obrachadh còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus cùrsa litearraidh inbheach a leasachadh do luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh co-dhiù 50% de na Planaichean Leasachaidh Com-pàirteachas Coimhearsnachd a' gabhail a-steach na Gàidhlig mar aon de na geallaidhean ro-innleachdail aca.
- Thar beatha a' Phlana, bidh an raon solair a tha ri fhaotainn do dh'inbhich sa choimhearsnachd a' meudachadh, agus às a sin bidh àrdachadh a' tighinn air àireamhan luchd-ionnsachaidh agus air cleachdadh na Gàidhlig ann an grunn shuidheachaidhean.
- Bidh iomairtean a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd air an leasachadh.
- Bidh co-obrachadh le agus eadar ùghdarrasan ionadail air a mheudachadh.
- Bidh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd air a mheudachadh.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Leasaich tachartasan is stuthan margaidheachd agus mothachaidh, a' cur air adhart nam buannachdan lionmhor a tha an lùib dà-chànanais, a' gabhail a-steach cleachdadh san dachaigh.	Cèitean 2019	I&LC
<b>(ii)</b> Leasaich fiosrachadh clàrachaidh ro-sgoile a tha a' cur air adhart nam buannachdan a tha an lùib dà-chànanais tro fhoghlam Gàidhlig.	Gearran de gach seisean sgoile	I&LC

## Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam

### 3.1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun cuirear ri iomairtean com-pàirteach ro-innleachdail nàiseanta agus dèanamh phoileasaidhean thar foghlam Gàidhlig.

#### Luchd-compàirt

Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Foghlam Alba, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, Ùghdarrasan Ionadail, Ionadan Foghlam Adhartach.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Cur ri agus co-chonaltradh a chumail le iomairtean a tha a' cur fiosrachadh ri agus a' toirt buaidh air poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta, tro bhallrachd Buidheann-Stiùiridh Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig Nàiseanta;
- Co-chonaltradh a chumail le Foghlam Alba agus luchd-compàirt eile gus gnìomhan aontachadh bhon aithisg aige a thàinig a-mach san Ògmhios 2011, *Foghlam Gàidhlig: A' togail air nithean soirbheachail, a' dèiligeadh ris na bacaidhean*;
- Obrachadh le buidhnean com-pàirteach air Ro-innleachd Dealbhadh Sgioba-obrach Foghlam Gàidhlig nàiseanta;
- Co-chonaltradh a chumail le ùghdarrasan ionadail eile gus sgrùdadh a dhèanamh air far am faodadh co-obrachadh agus seirbheisean co-roinnte a bhith buannachdail do sheasmhachd agus leudachadh foghlam Gàidhlig.



## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd, far a bheil sin iomchaidh, a' toirt buaidh agus neartachadh air poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta tro cho-obrachadh le luchd-obrach.
- Bidh ro-innleachd nàiseanta a' toirt taic do dh'àrdachadh, fastadh, foghlam, suidheachadh agus gleidheadh luchd-obrach sgoile gus targaidean nàiseanta an Riaghaltais airson fàs ann am foghlam Gàidhlig a choileanadh.
- Bidh com-pàirteachasan nàiseanta a' toirt taic do thrèanadh is leasachadh luchd-obrach Feumalachdan Taice a Bharrachd, cuide ri goireasan foghlaim co-cheangailte airson an cleachdadh ann am FtG.
- Bidh leasachadh agus cothrom air goireasan foghlaim a' faighinn taic leantainneach mar phàirt de chlàr-gnothaich nàiseanta nas fharsainge.
- Bidh buannachdan dà-chànanais tro fhoghlam Gàidhlig air an cur air adhart fada is farsaing.
- Bidh cothroman air an toirt seachad gus taic is leasachadh a thoirt air na sgilean is na comasan cànanain aig luchd-obrach foghlam Gàidhlig, a' leantainn air adhart gu teagasg agus ionnsachadh nas fheàrr, agus mar thoradh air a' chuideam a thathar a' sìor chur air càileachd ionnsachadh Gàidhlig.
- Bidh cothroman ann do sgoilearan àrd-sgoile mothachadh a leasachadh mu na caochladh bhuannachdan a tha an lùib a bhith a' leantainn air adhart len cuid foghlaim Gàidhlig, mus tagh iad na cuspairean aca aig prìomh amannan gluasaid (me dreuchdail agus cognatach).
- Bidh stuthan-teagaisg Ionnsachadh Cànanain Bun-sgoile Gàidhlig air an leasachadh agus air an neartachadh air stèidh leantainnich agus ann an co-bhann ri luchd-cleachdaidh is buidhnean eile gus am meudaichear am buaidh air luchd-ionnsachaidh.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Tro bhallrachd Buidheann-Stiùiridh Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig Nàiseanta cuir ri agus cùm co-chonaltradh le iomairtean a tha a' cur fiosrachadh ri agus a' toirt buaidh air poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta.	Gach bliadhna acadaimigeach	CF MSC&I
<b>(ii)</b> Obraich còmhla ri Bòrd na Gàidhlig air Ro-innleachd Dealbhadh Sgioba-obrach Foghlam Gàidhlig nàiseanta.	Gach bliadhna acadaimigeach	MSC&I MDS
<b>(iii)</b> Mar fhreagairt do phròiseasan fèin-mheasaidh làidir, cuir buidhnean-obrach is sruthan-obrach air bhonn gus freagairt ri raointean leasachaidh a tha air an toirt am follais taobh a-staigh Plana Leasachaidh Obrachail Foghlam Gàidhlig Ùghdarrais Ionadail a tha a' cur ri prìomhachasan leasachaidh nàiseanta.	Gach bliadhna acadaimigeach	MSC&I OFG
<b>(iv)</b> Obraich còmhla ri Luchd-compàirt air Ro-innleachd Feumalachdan Taice a Bharrachd airson Foghlam Gàidhlig, a' gabhail aire do phrìomhachasan a thaobh ghoireasan ionnsachaidh is teagaisg.	Ògmhios 2019	CFTB OFG
<b>(v)</b> Ath-sgrùd agus ùraich poileasaidh agus stiùireadh làithreach Feumalachdan Taice a Bharrachd Chomhairle na Gàidhealtachd airson Foghlam tron Ghàidhlig.	Ògmhios 2019	CFTB OFG
<b>(vi)</b> Dèan cinnteach gun tèid co-chonaltradh agus com-pàirteachas a chumail le tobraichean acadaimigeach, buidhnean rannsachaidh, co-labhairtean,	Gach bliadhna acadaimigeach	MSC&I OFG

sgrùdaidhean agus aithisgean a dh'fhaodas fios a chur ri agus buaidh a thoirt air poileasaidh is stiùireadh nàiseanta agus goireasan airson ar sgoiltean.		
<b>(vii)</b> Dèan cinnteach gu bheil tidsearan an sàs ann am pròiseasan fèin-mheasaidh leantainneach gus taic is fios a chur ri leasachaidhean a' buntainn ri bhith a' cruthachadh is a' sgaoileadh ghoireasan.	Gach bliadhna acadaimigeach	OFG
<b>(viii)</b> Lean air adhart ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus stuthan margaidheachd coitcheann a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig, gus ro-innleachd nàiseanta a stèidheachadh airson ghreisean-sgoile do dh'oileanaich a tha a' trèanadh mar thidsearan.	Gach bliadhna acadaimigeach	SG
<b>(ix)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus bun-loidhne de chomas is de mhisneachd cànanain a stèidheachadh do luchd-obrach a tha ag obair ann am foghlam Gàidhlig.	Ògmhios 2019 Ògmhios 2021 Ògmhios 2023	OFG
<b>(x)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus comas cànanain a leasachadh is a neartachadh mar phàirt de Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd, tro bhith a' cur air adhart cothroman airson trèanadh, an dà chuid bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus bhon taobh a-muigh.	Gach bliadhna acadaimigeach	OFG
<b>(xi)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus an tachartas dreuchdan Gàidhlig bliadhna 'Siuthad!' a libhrigeadh do sgoilearan àrd-sgoile, an dà chuid fileantaich agus luchd-ionnsachaidh.	Gach bliadhna acadaimigeach	I&LC
<b>(xii)</b> Meudaich an àireamh sa cheud de sgoilearan na Gàidhealtachd a tha a'	Lùnastal 2019	OFG

faighinn foghlam tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil suas gu 10%.	Lùnastal 2021 Lùnastal 2023	SG
<b>(xiii)</b> Lean air adhart a' leasachadh stuthan planaigh airson Ionnsachadh Cànanain Bun-sgoil Gàidhlig agus sàr ghoireasan teagaisg co-cheangailte.	Lùnastal 2019 Lùnastal 2021 Lùnastal 2023	OL 1+2

## Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam

### 3.2. Gealladh Ro-innleachdail

Gun dèanar cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig air fhisge a-steach do Leasachadh Càileachd Foghlaim Ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd.

#### Luchd-compàirt

Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, An Caidreachas a Tuath

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Aire a ghabhail do fhoghlam Gàidhlig taobh a-staigh Ath-sgrùdadh Oighreachd Sgoile Sheasmhach Chomhairle na Gàidhealtachd;
- Co-chonaltradh le Sgioba Pròiseict 'Ag Amalachadh Cùram anns a' Ghàidhealtachd' agus air Measadh Buaidh Gàidhlig a ghabhail os làimh;
- Dèanamh cinnteach gu bheil riathanasan foghlam Gàidhlig nam pàirt de mheasadh Chomhairle na Gàidhealtachd air Feumalachdan Taice a Bharrachd;
- Oifigear Foghlaim Gàidhlig fhasadh;

- Oifigear Leasachaidh Gàidhlig 1+2 fhastadh;
- Oifigear Taic Foghlam Thràth-bhliadhnaichean fhastadh.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh measadh air a dhèanamh air na tha a dhìth a thaobh foghlam Gàidhlig mar phàirt dhen 'Ath-sgrùdadh Oighreachdan' leantainneach.
- Bidh ath-sgrùdaidhean, measaidhean agus leasachaidhean ro-innleachdail foghlaim a' gabhail aire do nithean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air foghlam Gàidhlig.
- Bidh dealbhadh ro-innleachdail a' comasachadh fastadh is gleidheadh luchd-obrach foghlam Gàidhlig tro chothroman an lùib àrdachaidhean dreuchdail.
- Bidh sgoilearan a' leasachadh tuigse nas fheàrr air cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig, an dà chuid ann an sgoiltean le foghlam tron Bheurla agus foghlam tron Ghàidhlig, mar phàirt de làn-chòraichean ionnsachaidh a tha ag amas air Eòlas Albannach agus a bhith a' com-pàirteachadh eachdraidh na h-Alba.
- Bidh ionnsachadh agus teagasg air an neartachadh tro obair leantainneach gus dòighean-obrach eagarach a lìbhrigeadh a thaobh leasachadh litearras na Gàidhlig.
- Bidh sàr thaic air a toirt seachad do luchd-obrach sgoile uile mar phàirt de chuideam leantainneach air càileachd ionnsachadh Gàidhlig.
- Bidh raointean leasachaidh Feumalachdan Taice a Bharrachd air an comharrachadh agus a' faighinn freagairt mar phàirt de

phròiseas ath-sgrùdadh poileasaidh.

- Bidh iarrtasan measaidh airson foghlam bun-sgoile FtG a’ faighinn freagairt taobh a-staigh sgèilean-ama reachdail.
- Bidh an àireamh sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig ann an ionadan Foghlam tron Bheurla a’ meudachadh.  
(Targaid airson sgoiltean Cànan 2 Gàidhlig: obraich gu ruige 100% de sgoilearan ann am P1–7 a’ faighinn Gàidhlig tron Mhodh-obrach 1+2).  
(Targaid airson sgoiltean Cànan 3 Gàidhlig: obraich gu ruige 100% de sgoilearan ann am P5–P7 a’ faighinn Gàidhlig tron Mhodh-obrach 1+2).
- Bidh Buidheann Ro-innleachd Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh a’ meudachadh chothroman airson foghlam Gàidhlig, a’ gabhail aire do riatanasan a thaobh bathar-bog is aplacaidean, mar eisimpleir, meur-chlàr, litreachadh agus dearbhairean-litreachaidh.
- Bidh sgoilearan ann am Foghlam tron Bheurla, a tha air Gàidhlig a thaghadh mar Chànan 2 no mar Chànan 3 a’ faighinn an làn-chòir gus a’ Ghàidhlig ionnsachadh ro 2021, thar nan sgoiltean sin.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Dèan cinnteach gu bheilear a’ gabhail aire do dh’fhoghlam Gàidhlig mar nì cudromach taobh a-staigh oighreachdan agus choinneamhan stiùiridh co-cheangailte Chomhairle na Gàidhealtachd.	Gach bliadhna acadaimigeach	CG MO MSC&I
<b>(ii)</b> Dèan cinnteach gun toir oifigear stiùiridh airson foghlam Gàidhlig taic do ath-sgrùdaidhean, measaidhean agus leasachaidhean ro-innleachdail foghlaim.	Gach bliadhna acadaimigeach	MSC&I

<b>(iii)</b> Brosnaich is bheir taic do chothroman leasachadh dreuchdail taobh a-staigh foghlam Gàidhlig.	Gach bliadhna acadaimigeach	SG
<b>(iv)</b> Dèan cinnteach gum bi Planaichean Leasachaidh Sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd uile a' taisbeanadh cheumannan gus taic a thoirt do bhith a' buileachadh is a' daingneachadh ionnsachadh brìghmhor mu chànan, chultar is dualchas na Gàidhlig mar phàirt de làn-chòraichean gus ionnsachadh mu Alba tro Eòlas Sòisealta a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.	Gach bliadhna acadaimigeach	MLC
<b>(v)</b> Obraich gu dlùth còmhla ri Foghlam Alba agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig gus Frèam-adhartais Gràmar na Gàidhlig a leasachadh a chùim ionnsachadh is teagasg Gàidhlig a neartachadh.	Ògmhios 2019	OFG POE
<b>(vi)</b> Dèan cinnteach gum bi oifigearan Cùraim agus Ionnsachaidh a' lìbhrigeadh sàr thaic leantainneach do luchd-obrach sgoile, a bhios a' freagairt air co-theacsa àraid nan sgoiltean againn sa Ghàidhealtachd.	Gach bliadhna acadaimigeach	OFG OLC
<b>(vii)</b> Ùraich Poileasaidh agus Stiùireadh Feumalachdan Taice a Bharrachd airson Foghlam tron Ghàidhlig; beachdaich air agus freagair ri ceistean, mar eisimpleir a thaobh trèanadh no goireasan.	Ògmhios 2019	CFTB OFG
<b>(viii)</b> Leasaich agus co-roinn poileasaidh is stiùireadh Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh làn-chòraichean a' buntainn ri Foghlam tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil le sgoiltean agus pàrantan.	Samhain gach bliadhna	MSC&I SG
<b>(ix)</b> Obraich còmhla ri sgoiltean gus am bi e nas fhasa dhaibh cothrom	Gach bliadhna	MCC



fhaighinn air bathar-bog agus aplacaidean sònraichte airson foghlam Gàidhlig air innealan Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh.	acadaimigeach	OFG
<b>(x)</b> Thoir comas do luchd-obrach a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar Chànan 2 agus Chànan 3, a bhith nas misneachaile a thaobh an cuid Gàidhlig agus planairean, gnìomhan air-loidhne agus goireasan teagaisg eile a chleachdadh.	Ògmhios 2019 Ògmhios 2021 Ògmhios 2023	OL 1+2

## Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam

### 3.3. Gealladh Ro-innleachdail

Gun togar air com-pàirteachasan a tha stèidhichte airson 's gum bi luchd-obrach a tha proifeiseanta agus air an trèanadh ann gus taic a chur ri roinn an Tràth-ionnsachaidh 0–3 agus a' Chùraim-chloinne.

#### Luchd-compàirt

Bòrd na Gàidhlig, An Treas Roinn, Sabhal Mòr Ostaig

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Prògram com-pàirteach pìleatach trì bliadhna a stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Care and Learning Alliance;
- Co-chonaltradh le Bòrd na Gàidhlig agus Care and Learning Alliance tron Sgioba Thràth-bhliadhnaichean gus measadh a dhèanamh air an trèanadh, na goireasan is na stuthan Gàidhlig a tha a dhìth gus am bi nithean a' sìor fhàs anns an roinn.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig, bidh solar ann an sgìrean sònraichte a' fàs agus bidh buidhnean a th' ann mar-thà air an neartachadh.
- Ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig, bidh buidhnean a th' ann mar-thà a' faighinn taic agus bidh goireasan ùra air an leasachadh.
- Ann an co-bhann le luchd-compàirt, bidh cothroman trèanaidh freagarrach dhaibhsan a tha a' tighinn a-steach dhan roinn às ùr air an stèidheachadh agus bidh leasachadh proifeiseanta air a thoirt seachad dhan sgioba-obrach a th' ann mar-thà.
- Ann an co-bhann le luchd-compàirt, bidh an àireamh a tha a' gabhail com-pàirt ann am buidhnean 0–3 air a mheudachadh agus bidh eadar-ghluasad dhan sgoil-àraich air a leasachadh.
- Bidh taic air a thoirt do luchd-solair gus gluasad gu siùbhlach gu 1140 uairean.
- Bidh clann ann an ionadan ro-sgoile, a' gabhail a-steach ionadan luchd-compàirt agus luchd-solair cùraim-chloinne priobhaideach, nas mothachaile mun Ghàidhlig agus a' faighinn barrachd chothroman a bhith an lùib na Gàidhlig, tro chothroman dhan luchd-obrach gus trèanadh freagarrach a ghabhail os làimh. Tha seo a' gabhail a-steach cothrom air goireasan, freagarrach do leasachadh modh-obrach ionnsachadh cànan 1+2 agus a' toirt taic do shlighean do luchd-ionnsachaidh a-steach gu foghlam Gàidhlig.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Aontaich pasgan ionmhasail ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun lean com-pàirteachasan obrach air adhart leis an Treas Roinn.	Bliadhna	MSC&I I&LC
<b>(ii)</b> Ann an co-bhann leis an Treas Roinn, cruthaich modal trèanaidh air-loidhne, a' cur cànan na Gàidhlig an aithne phàrantan agus phàistean.	Ògmhios 2019	MSC&I I&LC
<b>(iii)</b> Ann an co-bhann le luchd-compàirt, dèan cinnteach gu bheilear a' cur ris a' Chùrsa HNC ann an Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne.	Ògmhios 2019	MSC&I I&LC
<b>(iv)</b> Lean air adhart, ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig agus An Treas Roinn, a' brosnachadh foghlam Gàidhlig do chloinn ro-sgoile agus an teaghlaichean.	2018 gu 2023	MSC&I I&LC
<b>(v)</b> Obraich le Luchd-compàirt gus prògram trèanaidh a leasachadh do luchd-obrach Thràth-bhliadhnaichean a tha an lùib Ionnsachadh Cànan Gàidhlig gus cuideachadh leis gach taobh de dh'fhoghlam Gàidhlig.	Giblean 2019	MSC&I I&LC

## Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam

### 3.4. Gealladh Ro-innleachdail

Gun leasaichear Foghlam Gàidhlig 3–18 tro dhòigh-obrach eagarach is sheasmhach gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann an ionadan.

#### Luchd-compàirt

Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig.

### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Tro chom-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, Bun-sgoil Ghàidhlig ùr a libhrigeadh anns a' Ghearasdan agus air bun-sgoil Ghàidhlig ùr fhosgladh ann am Port Rìgh tràth ann an 2018;
- Formula taic maoinachaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig airson leasachaidhean ùra agus solar a bharrachd;
- Eacarsaich mapaidh a ghabhail os làimh thar na Comhairle gus sgìrean a chomharrachadh taobh a-staigh no eadar Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte, far am faodadh solar foghlam Gàidhlig làithreach (0–18) a bhith air a rèiteach agus/no a neartachadh gus solar foghlam Gàidhlig fad-ùine is seasmhach a chuideachadh is a stèidheachadh;
- Gnìomhan leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig a chomharrachadh taobh a-staigh Bhuidhnean Sgoiltean Co-cheangailte

gus cur ri agus ceangal ri solar foghlam Gàidhlig foirmeil;

- Solar ro-sgoile 3–5 a chomharrachadh agus a chuideachadh, ann an àiteachan sònraichte, gus taic a thoirt do ghluasad gu bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean FtG;
- Cùram-chloinne ro agus às dèidh sgoile a sholarachadh airson bhun-sgoiltean Gàidhlig fa leth;
- Solar bun-sgoile FtG a chomharrachadh gu sònraichte ann an Inbhir Theòrsa, Ullapul, Port Rìgh, Inbhir Pheofharain, Baile Dhubhthaich, Inbhir Narann, Inbhir Nis agus anns a' Ghearasdan, airson leasachadh;
- Taic a thoirt do dh'fhoghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig tro phrògram Ionnsachadh Cànan Gàidhlig Bun-sgoile agus am Modh-obrach 1+2 Chànan, a' gabhail a-steach trèanadh do luchd-obrach;
- Na gnìomhan a tha a dhìth gus àrdachadh a thoirt air àireamhan sgoilearan timcheall air na prìomh ìrean gluasaid bho sgoil-àraich gu bun-sgoil, bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil agus taobh a-staigh ìrean na h-àrd-sgoile a thòiseachadh agus a rannsachadh;
- Ceangalan a leasachadh eadar bun-sgoiltean FtG agus àrd-sgoiltean FtG, far am faodadh solar teagasg Gàidhlig airson ÀS1 agus ÀS2 taic fheumail fhaighinn bho thidsearan bun-sgoile;
- Stuthan brosnachaidh agus margaidheachd a chruthachadh do phàrantan, a' togail aire mu na buannachdan a tha an lùib foghlam Gàidhlig agus dà-chànanais;
- Stiùireadh is taic a thoirt do luchd-obrach buntainneach na Comhairle, a' gabhail a-steach luchd-obrach ann an sgoiltean, gus pàrantan a bhrosnachadh gus slighe an fhoghlaim Ghàidhlig a ghabhail gu ruige dà-chànanais.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh obair a' tòiseachadh gu ruige dà sgoil ùr fa leth airson Foghlam tron Ghàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Bidh an àireamh sa cheud de chloinn is de dhaoine òga a tha a' dol an lùib foghlam Gàidhlig a' meudachadh, a' toirt taic do bhuileachadh thargaidean Riaghaltas na h-Alba.
- Thèid beachdachadh air 'Bun-Churraicealam Gàidhlig' ann an co-bhann le prìomh luchd-compàirt gus seasmhachd a thoirt do na raointean a leanas: fastadh, trèanadh agus gleidheadh luchd-obrach, raointean measaidh sònraichte, solar ghoireasan, buileachadh nas fheàrr agus slighe is dùilean soilleir do sgoilearan, pàrantan agus luchd-obrach.
- Bidh taic air a thoirt do libhrigeadh agus bidh fàs air a bhrosnachadh ann an sgoiltean Foghlam tron Bheurla a tha air Gàidhlig a thaghadh mar Chànan 2 no Cànan 3, do sgoilearan ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt dhen Mhodh-obrach 1+2 Chànan.
- Bidh an àireamh sa cheud de sgoilearan àrd-sgoile a' dèanamh Gàidhlig mar Luchd-ionnsachaidh tron Mhodh-obrach 1+2 Chànan, a' toirt taic is leasachadh do dh'eadar-ghluasad aig prìomh ìrean gluasaid, gu h-àraid bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil.
- Bidh barrachd chothroman ionnsachadh cànan air an toirt do thidsearan a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar Chànan 2 no Cànan 3 (Modh-obrach 1+2) mar phàirt de Ionnsachadh Proifeasanta Fad-dreuchd, le amas sònraichte air cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam.
- Bidh taic air a thoirt do leasachadh libhrigeadh foghlam Gàidhlig seasmhach tro cho-chonaltradh is cho-obrachadh eadar-ùghdarrasach.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Lean air adhart le com-pàirteachasan Riaghaltas na h-Alba gus sgoiltean Gàidhlig ùra fa leth a libhrigeadh.	Leantainneach	Luchd-stiùiridh CnG
<b>(ii)</b> Aontaich pasgan maoinachaidh seasmhach le Bòrd na Gàidhlig airson leasachaidhean ùra agus solar a bharrachd a bheir taic do dh'fhàs.	Bliadhna	ÀSS a' Chùraim & an Ionnsachaidh
<b>(iii)</b> Ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig agus Buidheann Nàiseanta Ro-innleachd na Gàidhlig, dèan sgrùdadh air seata bunaiteach chuspairean airson foghlam Gàidhlig àrd-sgoile.	Ògmhios 2020	CF MSC&I
<b>(iv)</b> Thoir taic do leasachadh proifeiseanta leantainneach tro phrògram trèanaidh gus 1+2 a libhrigeadh.	Leantainneach	OL 1+2
<b>(v)</b> Dèan sgrùdadh air meud-comais FtG anns an t-solar a th' ann mar-thà gus leudachadh a chomharrachadh is a bhrosnachadh.	Ògmhios 2020	OFG SG
<b>(vi)</b> Comharraich agus thoir taic do sholar ro-sgoile 3–5 ann an àiteachan sònraichte, a' gabhail aire dhan mheudachadh uairean ann an solar Thràth-bhliadhnaichean, gus eadar-ghluasad gu foghlam bun-sgoile Gàidhlig a leasachadh, agus san ùine-fhada eadar-ghluasad gu àrd-sgoiltean.	2020–2021 air adhart	I&LC OFG
<b>(vii)</b> Comharraich gnìomhan leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig taobh a-staigh Bhuidhnean Sgoiltean Co-cheangailte, gus cur ri agus ceangal ri	Bliadhna	I&LC



solar foirmeil foghlam Gàidhlig.		
<b>(viii)</b> Freagair ri iarrtas airson solar iomlan cùram-chloinne Gàidhlig ro agus às dèidh sgoile.	Mar a tha a dhìth	CGT
<b>(ix)</b> Thoir taic do luchd-obrach ann a bhith a' faighinn cothrom air curraicealam leantainneach is cunbhalach airson Ionnsachadh Cànan Gàidhlig mar phàirt de mhodh-obrach 1+2 ann an ionadan Foghlam tron Bheurla. Brosnaich sgoiltean uile aig a bheil solar FtG gus a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach mar Chànan 2 airson chlasaichean FtG.	Bliadhnail	OL 1+2
<b>(x)</b> Obraich còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar agus e-Sgoil gus am bi barrachd cothruim ann cuspairean àrd-sgoile a libhrigeadh tron Ghàidhlig.	Leantainneach	MSC&I OFG OLF (Sgoil Bhiortail)
<b>(xi)</b> Cùm co-chonaltradh le luchd-ùidh gus plana gnìomh a chur air dòigh a bheir taic is brosnachadh do dh'eadar-ghluasad aig amannan bunaiteach, gus àireamhan sgoilearan a chumail suas is a leasachadh.	Ògmhios 2020	MSC&I MLC OFG
<b>(xii)</b> Leasaich ceanglaichean eadar bun-sgoiltean FtG agus àrd-sgoiltean FtG, far am faodadh solar teagasg Gàidhlig airson ÀS1 agus ÀS2 taic fheumail fhaighinn bho thidsearan bun-sgoile.	Mar a tha a dhìth	OFG SG
<b>(xiii)</b> Thoir taic do stuthan brosnachaidh is margaidheachd leantainneach, a' togail aire mu na buannachdan a tha an lùib foghlam Gàidhlig agus dà-chànanas.	Bliadhnail	ÀSS SG
<b>(xiv)</b> Thoir seachad stiùireadh agus taic do luchd-obrach buntainneach na	Bliadhnail	SG

Comhairle, a' gabhail a-steach luchd-obrach ann an sgoiltean, airson pàrantan a bhrosnachadh gus slighe an fhoghlaim Ghàidhlig a ghabhail gu ruige dà-chànanais.		OFG
<b>(xv)</b> Obraich còmhla ri luchd-compàirt gus leasachadh a thoirt air an raon chothroman ionnsachaidh Gàidhlig a th' ann do thidsearan a tha a' libhrigeadh na Gàidhlig mar Chànan 2 no Chànan 3.	Leantainneach	MSC&I OFG OL 1+2
<b>(xvi)</b> Cùm co-chonaltradh le ùghdarrasan ionadail eile a tha faisg air a' Chomhairle gus sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean anns am faodadh co-obrachadh no seirbheisean co-roinnte a bhith buannachdail do sheasmhachd is leudachadh foghlaim Ghàidhlig.	Mar a tha a dhìth	MSC&I MDS OFG OLF (Sgoil Bhiortail)
<b>(xvii)</b> Brosnaich sgoiltean gus FtG a chur air adhart air na làraich-lìn aca.	Leantainneach	Ceannardan Sgoile MSC&I

## Cuspair 3 – A' Ghàidhlig ann am Foghlam

### 3.5. Gealladh Ro-innleachdail

Gun obraichear le com-pàirtichean gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na stuthan is na goireasan ionnsachaidh a tha air an solarachadh gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

#### Luchd-compàirt

Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Sgrùdadh a ghabhail os làimh air na stuthan is na goireasan ionnsachaidh air-loidhne airson foghlam Gàidhlig a tha ri fhaotainn an-ceartuair taobh a-staigh Chomhairle na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach na tha gan cleachdadh is gan gabhail os làimh;
- Co-chonaltradh le ùghdarrasan ionadail eile, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus luchd-compàirt, gus measadh a dhèanamh air an raon stuthan is ghoireasan foghlam Gàidhlig a th' ann an-ceartuair, mar a thathar gan libhrigeadh agus na tha a dhìth airson leasachadh san àm ri teachd.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh measaidhean coitcheann suidhichte aig prìomh ìrean ann am Foghlam tron Ghàidhlig, a rèir Phrìomhachasan Nàiseanta.
- Ann an co-bhann le luchd-compàirt, bidh ath-sgrùdadh air a dhèanamh air agus taic air a thoirt do, leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach stuthan ionnsachaidh air-loidhne.
- Bidh cleachdadh Teicneòlas Fiosrachaidh air a mheudachadh gus taic a thoirt do bhith a' co-roinn stuthan foghlaim gus ionnsachadh agus teagasg a thoirt air adhart.
- Bidh stuthan Ionnsachadh Cànanain Gàidhlig Bun-sgoile air an leasachadh ann an dòigh leantainneach ann an co-bhann le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus mar fhreagairt do dh'fhios air ais bho luchd-cleachdaidh.
- Bidh stiùireadh eagarach mu lìbhrigeadh gràmar Gàidhlig a' faighinn taic bho raon de shàr ghoireasan teagaisg.
- Bidh luchd-obrach sgoile a' faighinn taic agus goireasan nas fheàrr gus feumalachdan sgoilearan fa leth a choinneachadh.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Obraich còmhla ri Foghlam Alba gus measaidhean coitcheann a lìbhrigeadh a bhios freagarrach airson modal lìbhrigidh Foghlam tron Ghàidhlig.	Dùbhlachd 2019	CF MSC&I OFG

<b>(ii)</b> Thoir taic do luchd-obrach na Gàidhealtachd ann a bhith a' co-roinn ghoireasan taobh a-staigh clàr didseatach.	Ògmhios 2019	MCC OFG OLF (Sgoil Bhiortail)
<b>(iii)</b> Obraich le luchd-compàirt gus goireasan a leasachadh airson Gàidhlig (Fileantaich) agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) – mar eisimpleir sgeamaichean leughaidh.	Leantainneach	OFG
<b>(iv)</b> Thoir comas do thidsearan a bhith misneachail ann a bhith a' dol an lùib stuthan ionnsachadh cànan bun-sgoile Gàidhlig agus fios air ais a thoirt seachad mu bhith gan cleachdadh.	Leantainneach	OL 1+2
<b>(v)</b> Bidh Buidheann-obrach Gràmair Chomhairle na Gàidhealtachd ag obrachadh còmhla ri Foghlam Alba agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig gus frèam-teagaisg gràmair agus stuthan taice a chruthachadh.	Ògmhios 2019	CF OFG POE
<b>(vi)</b> Bidh Buidheann-obrach Feumalachdan Taice a Bharrachd Chomhairle na Gàidhealtachd ag obrachadh gu ruige leasachadh poileasaidh agus stuthan gus taic a thoirt do sgoilearan le Feumalachdan Taice a Bharrachd.	Ògmhios 2019	OFG POE
<b>(vii)</b> Obraich còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus Luchd-compàirt air Ro-innleachd Feumalachdan Taice a Bharrachd Nàiseanta Gàidhlig agus stuthan co-cheangailte.	Leantainneach	CFTB OFG POE

## Cuspair 4 – A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas

### 4.1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun dèanar ceangal le com-pàirtichean agus gun cuirear ri iomairtean ro-innleachdail nàiseanta agus cruthachadh phoileasaidhean airson na Gàidhlig ann an roinnean nan ealan, a' chultair is an dualchais.

#### Luchd-compàirt

Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Sabhal Mòr Ostaig, VisitScotland

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Obrachadh còmhla ri buill Fòram Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig;
- Obrachadh còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus taic a thoirt dhan Phrògram Chòmhnaidheach agus a bhuidh a mheudachadh;
- Co-chonaltradh le BBC ALBA gus raointean a chomharrachadh far am biodh iomairtean co-obrachail iomchaidh, a' gabhail a-steach mar a dh'fhaodadh barrachd Gàidhlig a bhith air stèiseanan rèidio ionadail sa Ghàidhealtachd.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur ri Prògram Ealain, Cultair is Dualchais Gàidhlig thar sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus thar sin.
- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd, tron Mheòrachan Thuigse le Sabhal Mòr Ostaig, a' toirt taic dhan Phrògram Chòmhnaidheach Nàiseanta aca.
- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur air dòigh agus a' cur air adhart tachartasan ealain a tha a' faighinn taic bho Alba Chruthachail agus buill Fòram Ro-innleachdail Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
(i) Gabh com-pàirt ann an obair Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig.	Foghar 2017 gu Foghar 2023	OLG
(i) Obraich còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus taic a thoirt dhan Phrògram Chòmhnaidheach agus a bhuilean is a bhuidh a mheudachadh, agus ceanglaichean a shìor leasachadh le sgoiltean agus coimhearsnachdan.	Gach bliadhna acadaimigeach	OLG

## Cuspair 4 – A’ Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas

### 4.2. Gealladh Ro-innleachdail

Gun àrdaichear ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh bhuidhnean is thachartasan air am maoineachadh leis a’ Chomhairle thar na Gàidhealtachd.

### Luchd-compàirt

High Life na Gàidhealtachd, An Comunn Ghàidhealach, Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois, Comunn na Gàidhlig, BBC ALBA, FilmG, Ainmean-Àite na h-Alba, Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig.

### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Obrachadh còmhla ris a’ Chomunn Ghàidhealach gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a lìbhrigeadh agus fàs a thoirt air an àireamh fharpaiseach agus luchd-tadhail a tha a’ tighinn gu na Mòdan Nàiseanta Rìoghail nuair a tha iad stèidhichte anns a’ Ghàidhealtachd;
- Obrachadh còmhla ris a’ Chomunn Ghàidhealach gus taic a thoirt do Mhòdan Roinneil, le amas fàs a thoirt air an àireimh fharpaiseach aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 ann an Inbhir Nis;
- Obrachadh còmhla ri luchd-eagrachaidh Fèis Blas gus toraidhean nan ealan Gàidhlig a tha air an riochdachadh le daoine



òga a chur air adhart, mar eisimpleir taisbeanaidhean de na filmichean goirid aca, tachartasan dràma, agus leughaidhean sgrìobhadh chruthachail;

- Obrachadh còmhla ri Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois, tro na Cùmhnantan Lìbhrigeadh Seirbheis againn, gus taic a thoirt do Fhèisean a tha stèidhichte sa Ghàidhealtachd, ann a bhith a' brosnachadh is a' meudachadh na Gàidhlig nan cuid obrach;
- Obrachadh còmhla ri High Life na Gàidhealtachd agus feadhainn eile gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh agus cleachdadh is lèirsinn na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-staigh High Life na Gàidhealtachd agus ionadan luchd-tadhail, goireasan spòrs, taighean-tasgaidh, tasglannan agus tachartasan a tha a' faighinn taic bhon Chomhairle;
- Obrachadh còmhla ri Comunn na Gàidhlig gus cleasan spòrs a leasachadh agus a chuideachadh, mar eisimpleir ball-coise agus iomain tro mheadhan na Gàidhlig.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail air a chumail ann an Inbhir Nis ann an 2020.
- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt àrdachadh air an àireimh sgoiltean a tha a' gabhail com-pàirt ann am Mòdan Roinneil agus anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus na gnìomhan a tha co-cheangailte ris. Tha amas sònraichte air luchd-ionnsachaidh.
- Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt àrdachadh air an àireimh luchd-ionnsachaidh inbheach a tha a' gabhail com-pàirt ann am Mòdan Roinneil agus Nàiseanta.

- Tro cho-obrachadh, bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhan nam Fèisean a' meudachadh.
- Tro cho-obrachadh le High Life na Gàidhealtachd, bidh cothroman airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a' meudachadh mar phàirt dhen lìbhrigeadh seirbheis aca.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach gus Mòd Nàiseanta Rìoghail a libhrigeadh ann an Inbhir Nis ann an 2020, a' togail air soirbheachas Loch Abar ann an 2017.	Foghar 2018 gu Foghar 2021	OLG
<b>(ii)</b> Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach agus luchd-ùidh eile gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de dh'òigridh agus inbhich a tha a' gabhail com-pàirt ann am Mòdan Nàiseanta Rìoghail, tro Acadamaidh a' Mhòid.	Foghar 2018 & 2021	OLG
<b>(iii)</b> Tro chlasaichean Gàidhlig, broснаich luchd-ionnsachaidh inbheach gus com-pàirt a ghabhail ann am Mòdan Roinneil agus Nàiseanta.	Bliadhna	OLG
<b>(iv)</b> Obraich còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach gus dèanamh cinnteach gu bheil an àireamh dhaoine òga a tha a' gabhail com-pàirt ann am Mòdan Roinneil a' fuireach aig ìre sheasmhach agus, far am bi cothroman ann, dèan cinnteach gun tig àrdachadh air an àireimh. Thoir taic do dh'Acadamaidh a' Mhòid agus do dh'iomairtean Taisbeanaidhean-rathaid a' Mhòid, far am bi sin freagarrach.	Dàmhair 2020	OLG

<b>(v)</b> Obraich còmhla ri Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois, tro na Cùmhnantan Lìbhrigeadh Seirbheis againn, gus taic a thoirt do dh'Fhèisean a tha stèidhichte sa Ghàidhealtachd ann a bhith a' brosnachadh is a' meudachadh na Gàidhlig anns na tha iad a' dèanamh.	Bliadhnail	OLG
<b>(vi)</b> Obraich còmhla ri High Life na Gàidhealtachd agus luchd-compàirt gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh agus cleachdadh is follaiseachd na Gàidhlig a mheudachadh air feadh ionadan luchd-tadhail, goireasan spòrs, taighean-tasgaidh, tasglannan agus aig tachartasan.	Bliadhnail	POE OLG
<b>(vii)</b> Obraich còmhla ri Comunn na Gàidhlig gus cleasan spòrs tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh agus taic a chumail riutha.	Sultain gach bliadhna	OLG
<b>(viii)</b> Thoir taic agus brosnachadh do thachartasan ealain.	Sultain gach bliadhna	OLG

## Cuspair 4 – A’ Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas

### 4.3. Gealladh Ro-innleachdail

Gun leasaichear cothroman do dhaoine òga gus com-pàirt a ghabhail sa Ghàidhlig tro na h-ealain agus na gnìomhachasan cruthachail.

#### Luchd-compàirt

Sabhal Mòr Ostaig, MG ALBA/BBC ALBA, FilmG, Fèisean nan Gàidheal, LearnGaelic.scot, Comhairle nan Leabhraichean, Alba Chruthachail, Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig, VisitScotland.

### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Obrachadh còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus na pròiseactan a chaidh aontachadh eadar an dà bhuidhinn fon Mheòrachan Thuigse a bhuileachadh;
- Obrachadh le eòlaichean anns na meadhanan gus filmichean goirid a dhèanamh agus clubaichean film a stèidheachadh, gu sònraichte mu thimcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte far a bheil foghlam Gàidhlig air a thoirt seachad;
- Obrachadh còmhla ri proifeiseantaich a tha an lùib nam meadhanan agus a tha a’ dèanamh fhilmichean gus taic a thoirt do dhuaisean bliadhnail FilmG Gàidhlig;

- Obrachadh còmhla ri buidhnean eile gus prògram a leasachadh far an robh sreath de sgrìobhadairean/ùghdaran Gàidhlig a' tadhal air sgoiltean;
- Taic agus comhairle a thoirt do bhuidhnean ionadail gus maoinachadh a thogail airson phròiseactan Gàidhlig sònraichte a tha stèidhichte sa choimhearsnachd;
- Ceanglaichean a leasachadh leis an t-sliochd chànain is chultair san fharsaingeachd, mar eisimpleir ann an Alba Nuadh agus dùthchannan eile le mion-chànanan a leithid na h-Èireann agus na Cuimrigh;
- Co-chonaltradh le MG ALBA agus luchd-eagrachaidh nan Duaisean Ceòl Traidiseanta agus air aogheachd a thoirt dhan tachartas seo rè beatha a' phlana mu dheireadh;
- Ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Mheòrachan Thuigse eadar a' Chomhairle agus Riaghaltas Roinneil na h-Albann Nuaidhe gus ceanglaichean foghlamach, cultarail agus eaconamach a leasachadh a chùim math a chèile.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh na h-iomairtean ealain a thathar a' libhrigeadh fon Mheòrachan Thuigse eadar a' Chomhairle agus Sabhal Mòr Ostaig a' sìor dhèanamh adhartas.
- Bidh filmichean goirid Gàidhlig air an cruthachadh is air an riochdachadh le òigridh ann am foghlam Gàidhlig.
- Bidh cothrom ann a bhith a' barganachadh aogheachd a thoirt do na Duaisean Ceòl Traidiseanta anns a' Ghàidhealtachd rè beatha a' Phlana.
- Bidh cothrom ann a bhith a' barganachadh aogheachd a thoirt do dh'Fhèis nam Meadhanan Ceilteach rè beatha a' Phlana.

- Ann an co-bhann le Fèisean nan Gàidheal, bidh cothroman air an leasachadh do dhaoine gus com-pàirt a ghabhail leis a' Ghàidhlig anns na gnìomhachasan ealain is cruthachail.
- Bidh am Meòrachan Tuigse eadar a' Chomhairle agus Riaghaltas Roinneil na h-Albann Nuaidhe air a chumail suas, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh cuimhneachan nan ceud bliadhna.
- Bidh tadhalan iomlaid air an cumail gu àiteachan far a bheil mion-chànanan air am bruidhinn gu làithreach.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Obraich còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus an raon farsaing phròiseactan a chaidh aontachadh eadar an dà bhuidhinn fon Mheòrachan Thuigse a bhuileachadh.	Gach bliadhna acadaimigeach	OLG I&LC
<b>(ii)</b> Obraich còmhla ri eòlaichean anns na meadhanan, a leithid FilmG, gus taic a thoirt do sgoilearan FtG agus Luchd-ionnsachaidh gus filmichean goirid a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.	Bliadhnail	OLG
<b>(iii)</b> Lean air adhart ag obair còmhla ri proifeiseantaich a tha an lùib nam meadhanan agus a tha a' dèanamh fhilmichean gus taic a thoirt do dhuaisean bliadhnail FilmG Gàidhlig.	Màrt gach bliadhna	OLG
<b>(iv)</b> Lean air adhart ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus prògram de bhùithtean-obrach sgrìobhadh chruthachail a leasachadh ann an sgoiltean.	Màrt gach bliadhna	OLG

<b>(v)</b> Lean air adhart a' leasachadh cheanglaichean leis an t-sliochd chànain is chultair san fharsaingeachd, mar eisimpleir ann an Alba Nuadh agus dùthchannan eile le mion-chànanan a leithid na h-Èireann agus na Cuimrigh.	Dàmhair 2019	OLG I&LC
<b>(vi)</b> Cùm co-chonaltradh le MG ALBA mu chùisean nàiseanta a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air craoladh Gàidhlig.	Dàmhair 2019	OLG I&LC
<b>(vii)</b> Obraich còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig agus Riaghaltas Roinneil na h-Albann Nuaidhe gus prògram a leasachadh a chomharraicheas ceanglaichean foghlamach, cultarail agus eaconamach.	Ath-sgrùdadh Bliadhnail	OLG I&LC
<b>(viii)</b> Thar beatha a' Phlana, cuir air dòigh agus thoir taic do thadhalan iomlaid do dh'òigridh agus inbhich.	Dàmhair 2019 Dàmhair 2021 Dàmhair 2023	I&LC OLG

## Cuspair 5 – A' Ghàidhlig san Àite-obrach

### 5.1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun leanar air adhart ag àrdachadh inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig, mothachadh mun Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig thar seirbheisean na Comhairle air fad.

### Luchd-compàirt

Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Ainmean-Àite na h-Alba, Wipro, Cunnradairean

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Dèanamh cinnteach nuair a thathar a' sgrùdadh phoileasaidhean is iomairtean Comhairle, gu bheilear a' toirt aire dhan bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air a' Ghàidhlig;
- Cuairt-litrichean a chur a-mach gu Seirbheisean Comhairle uile, a' gabhail a-steach na Prìomh Oifis, Ionadan-Seirbheis agus an t-Ionad Seirbheis, cuide ri fios naidheachd, a' daingneachadh na teachdaireachd gum bu chòir do luchd-cleachdaidh a chuireas fios chun na Comhairle anns a' Ghàidhlig a bhith cinnteach gum faigh iad freagairt anns a' Ghàidhlig;
- Abairtean 'Fàilte' a leasachadh do Bhuill no luchd-obrach buntainneach airson an cleachdadh aig coinneamhan no tachartasan Comhairle eile, air trèanadh no oideachadh a thoirt seachad far an robh sin iomchaidh, agus air Toolkit Dà-



chànanach air-loidhne na Comhairle a chleachdadh airson taic;

- Dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean uile a' cleachdadh Seirbheis Eadar-theangachaidh Gàidhlig na Comhairle airson càileachd agus cunbhalachd.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla air a thaisbeanadh thar Seirbheisean uile na Comhairle.
- Bidh cleachdadh na Gàidhlig agus gealladh do leasachadh Gàidhlig taobh a-staigh na treas roinne air a mheudachadh, cunnradairean nam measg.
- Bidh aithne air a toirt dhan Ghàidhlig tro Mheasadh Buaidh na Gàidhlig taobh a-staigh aithisgean corporra.
- Bidh lìonra de luchd-aithne Gàidhlig thar Seirbheisean na Comhairle air ùrachadh.
- Bidh fàilte dà-chànanach do luchd-obrach Ionadan-fàilte na Comhairle, a' gabhail a-steach am Prìomh Ionad-Seirbheis agus Ionadan-Seirbheis air a daingneachadh gus sealltainn gu bheil a' Ghàidhlig air a dèanamh àbhaisteach taobh a-staigh na Comhairle.
- Bidh na pàirtean Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle air am meudachadh, air an ath-structaradh is air an daingneachadh, mar phàirt dhen phròiseas didseatachaidh a thathar a' leasachadh.
- Bidh follaiseachd na Gàidhlig thar ghoireasan is thogalaichean Chomhairle na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach sgoiltean, oifisean agus togalaichean poblach, air a mheudachadh.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Dèan cinnteach gun lean Àrd-sgioba Stiùiridh Chomhairle na Gàidhealtachd orra a bhith mothachail, nuair a thathar a' sgrùdadh phoileasaidhean is iomairtean Comhairle, gu bheil a' toirt an aire dhan bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aca air a' Ghàidhlig.	Ràitheil	Luchd-stiùiridh CnG MSC&I ÀSS OLG
<b>(ii)</b> Obraich còmhla ri cunnadairean (san Treas Roinn) a bhios a' toirt seachad seirbheisean agus a tha ag obair do Chomhairle na Gàidhealtachd gus an com-pàirtich iad leis a' Ghàidhlig agus gum meudaich iad cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nan companaidhean aca, agus gum bi iad air am brosnachadh gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig agus do thachartasan cultarail sa Ghàidhealtachd.	Bliadhnail	Luchd-stiùiridh CnG MSC&I ÀSS OLG
<b>(iii)</b> Daingnich an teachdaireachd gum faigh luchd-cleachdaidh a chuireas fios chun na Comhairle anns a' Ghàidhlig freagairt anns a' Ghàidhlig.	Foghar 2018	POE
<b>(iv)</b> Ùraich an Toolkit Gàidhlig a tha an-dràsta ri fhaotainn air an eadra-lìon.	Samhradh 2019	OLG POE
<b>(v)</b> Thoir trèanadh do luchd-obrach a bhios a' coinneachadh ris a' phoball gus na h-abairtean fàilteachaidh coitcheann a	Samhradh 2019	OLG POE

chleachdadh.		
<b>(vi)</b> Ùraich an Toolkit Dà-chànanach air-loidhne do Bhuill agus luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd.	Foghar 2019	OLG POE
<b>(vii)</b> Dèan cinnteach gu bheil na seirbheisean uile a' cleachdadh Seirbheis Eadar-theangachaidh Gàidhlig na Comhairle airson càileachd agus cunbhalachd.	Leantainneach	POE
<b>(viii)</b> Dèan cinnteach gum bi fiosan naidheachd a' buntainn ri cùisean Gàidhlig a' nochdadh sa Ghàidhlig an toiseach air làrach-lìn na Comhairle, le tiotal dà-chànanach agus roghainn 'Leugh sa Bheurla'.	Samhradh 2019	SCC OLG POE
<b>(ix)</b> Cruthaich portal Gàidhlig a bhios follaiseach air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd agus a bheir seachad fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig, dà-chànanas, an toolkit ionnsachaidh, leasachaidhean Gàidhlig thar na Comhairle, agus ceanglaichean le luchd-compàirt.	Foghar 2019	SD OLG POE
<b>(x)</b> Dèan cinnteach gu bheil soidhnichean dhorsan, ainmean-sgrìobhte airson phuist-d agus teachdaireachdan ag innse gu bheilear air falbh on oifis air an tabhann gu gnìomhach agus air am brosnachadh do luchd-obrach thar seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd.	Foghar 2018 gu Foghar 2023	POE

## Cuspair 5 – A' Ghàidhlig san Àite-obrach

### 5.2. Gealladh Ro-innleachdail

Gun comharraichear is gun toirear seachad cothroman do Bhuill Thaghte agus oifigearan gus a' Ghàidhlig ionnsachadh agus an comasan cànan a leasachadh, gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.

### Luchd-compàirt

Sabhal Mòr Ostaig, Bòrd na Gàidhlig

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Co-chonaltradh leis an Sgioba Ionnsachaidh agus Leasachaidh a thaobh Suirbhidh an Luchd-obrach;
- Ath-sgrùdadh a dhèanamh air an fheum airson seiseanan ùraichte Mothachadh mun Ghàidhlig do Bhuill agus luchd-obrach na Comhairle;
- Cùrsaichean cànan leantainneach is seasmhach a chur air dòigh do luchd-obrach;
- Sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh tobraichean maoineachaidh bhon taobh a-muigh a bhith air an cleachdadh gus taic a thoirt do ionnsachadh Gàidhlig san àite-obrach.

## Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh trèanadh Mothachadh mun Ghàidhlig do Bhuill ùra, mar phàirt dhen inntrigeadh aca, a' leantainn air adhart.
- Bidh an àireamh Bhall is luchd-obrach a bhios a' gabhail com-pàirt ann an cùrsaichean cànan Gàidhlig agus trèanadh mothachaidh a' meudachadh.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Stèidhich dàta bun-loidhne nua-aimsireil tro bhith a' dèanamh sgrùdadh sgilean cànan Gàidhlig, a bhios a' gabhail a-steach cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle.	Foghar 2020	GC OLG POE
<b>(ii)</b> Thoir seachad seiseanan Mothachadh mun Ghàidhlig do Bhuill Thaghte agus luchd-obrach na Comhairle.	Foghar 2020	OLG POE
<b>(iii)</b> Rannsaich mar a dh'fhaodadh maoinachadh bhon taobh a-muigh a bhith air a chleachdadh gus taic a thoirt do ionnsachadh na Gàidhlig san àite-obrach.	Foghar 2020	I&LC OLG

## Cuspair 5 – A’ Ghàidhlig san Àite-obrach

### 5.3. Gealladh Ro-innleachdail

Gum meudaichear cothroman gus ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh nuair a thathar ag obair le luchd-compàirt air an taobh a-muigh agus luchd-ùidh buntainneach.

#### Luchd-compàirt

Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd, Ainmean-Àite na h-Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, Faclair na Gàidhlig.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Fios a chur gu buidhnean san roinn phoblaich, buidhnean GMòr nam measg, mar eisimpleir: Coimisean Coilltearachd na h-Alba, Dualchas Nàdair na h-Alba, Coimisean na Croitearachd, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, NHS na Gàidhealtachd, Poileas a’ Chinn a Tuath, Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, a thaobh a bhith a’ leasachadh phlanaichean Gàidhlig, mothachadh mun Ghàidhlig no cùrsaichean ionnsachadh cànan;
- Measadh a dhèanamh air an iarrtas a th’ ann airson cothroman do sheann daoine le Gàidhlig a bhith a’ cluinntinn is a’

bruidhinn Gàidhlig ann an ionadan-cùraim a tha air am maoinachadh gu poblach, agus mar a dh'fhaodadh sin a bhith air a sholarachadh;

- Ceum a chumail ri cùisean a' buntainn ri corpas na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leasachaidhean ann an litreachadh na Gàidhlig agus cùisean a' buntainn ri smachd air càileachd agus barantachadh eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh;
- Obrachadh còmhla ri, agus taic a thoirt do, Ainmean-Àite na h-Alba, mar na h-eòlaichean nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig;
- Ath-sgrùdadh a dhèanamh air an t-susbaint Ghàidhlig ann an Cunraidhean Coitcheann, Aontaidhean Libhrigeadh Seirbheis agus Clàran co-cheangailte.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh beairteas, buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig air an cumail suas, gu h-àraid a thaobh leasachadh corpais.
- Bidh com-pàirteachadh slatan-tomhais cànan na Gàidhlig taobh a-staigh thabhartasan, cùmhnantan libhrigeadh seirbheis agus cùmhnantan coimeirsealta na Comhairle a' leantainn air adhart.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Mar phàirt de Chom-pàirteachas Coimhearsnachd, lean air adhart a' co-	Bliadhnail	MSC&I

<p>chonaltradh le ùghdarrasan ionadail eile, agus le buidhnean san roinn phoblaich a leithid Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, NHS na Gàidhealtachd, Poileas Alba, Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, gu h-àraid a thaobh a bhith a' leasachadh phlanaichean Gàidhlig.</p>		<p>I&amp;LC OLG</p>
<p><b>(ii)</b> Lean air adhart a' co-chonaltradh le buidhnean a leithid Coilltearachd agus Fearann Alba, Dualchas Nàdair na h-Alba agus Coimisean na Croitearachd, gus aire a thogail mu chùrsaichean mothachadh mun Ghàidhlig no cùrsaichean ionnsachadh cànan thar na Gàidhealtachd.</p>	<p>Ràitheil</p>	<p>OLG</p>
<p><b>(iii)</b> Cùm ceum ri cùisean a' buntainn ri corpas na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leasachaidhean ann an litreachadh na Gàidhlig agus cùisean a' buntainn ri smachd air càileachd agus barantachadh eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh.</p>	<p>2018–2023</p>	<p>POE</p>
<p><b>(iv)</b> Lean air adhart ag obair còmhla ri, agus a' toirt taic do, Ainmean-Àite na h-Alba, mar na h-eòlaichean nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig.</p>	<p>2018–2023</p>	<p>POE OLG</p>
<p><b>(v)</b> Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil tiotalan agus fo-thiotalan air an gabhail a-steach ann an cunnraidhean coitcheann, aontaidhean libhrigeadh seirbheis agus clàran co-cheangailte.</p>	<p>Foghar 2020</p>	<p>GC Luchd-stiùiridh POE</p>
<p><b>(vi)</b> Dèan feum cho math 's a ghabhas de theicneòlas didseatach agus na meadhanan sòisealta.</p>	<p>Ràitheil</p>	<p>SCC OLG POE</p>



## Cuspair 6 – Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig

### 6.1. Gealladh Ro-innleachdail

Gun cruthaichear agus gun toirear taic do dh'iomairtean a neartaicheas cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig taobh a-staigh leasachadh eaconamach coitcheann agus turasachd chultarail sa Ghàidhealtachd.

#### Luchd-compàirt

Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, VisitScotland, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Sabhal Mòr Ostaig, An Comunn Gàidhealach, Ainmean-Àite na h-Alba, High Life na Gàidhealtachd, Cùmhnant Baile-Roinne, Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- ‘Buaidh air a’ Ghàidhlig’ a chur ri liostaichean-sgrùdaidh Seirbheis air an taobh a-staigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ cur aghaidh ris na dh’fhaodas a bhith air a dhèanamh gus lèirsinneachd is cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh aig ìrean dealbhadh pròiseict;
- Obrachadh còmhla ri luchd-leasachaidh gus ìomhaigh is lèirsinneachd nas follaisiche a ghleidheadh airson na Gàidhlig ann an leasachaidhean coimeirsealta is malairteach, agus ann an iomairtean dealbhadh eaconamach agus leasachaidh nas

fharsaingeachd;

- Obrachadh còmhla ri buidhnean ionadail agus Ainmean-Àite na h-Alba gus ainmean-àite Gàidhlig a bhrosnachadh ann an leasachaidhean taigheadais agus coimeirsealta;
- Co-chonaltradh le Coimisean Film Gàidhealtachd na h-Alba gus dearbhadh far am faodadh barrachd leasachaidh a bhith air a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig na raon gnothachais;
- Dearbhadh mar as urrainn dhuinn co-chonaltradh le luchd-amhairc, com-pàirtichean agus sponsaireachd a chur am meud a thaobh thachartasan a' buntainn ris a' Ghàidhlig anns a' Ghàidhealtachd, a' gabhail a-steach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail;
- Aonta na Comhairle le VisitScotland a leasachadh a thaobh a bhith a' cur air adhart cultar àraid na Gàidhealtachd, agus a bhith a' toirt na Gàidhlig an lùib iomairtean margaidheachd;
- Obrachadh còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air Sgrùdadh Measadh Buaidh Eaconamach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail;
- Taic agus brosnachadh a thoirt do Fhèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois nan oidhirpean gus sgilean is obraichean Gàidhlig a chumail suas agus a leasachadh.

### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh a' Chomhairle a' leantainn air adhart ag obair le prìomh luchd-compàirt gus na buannachdan a tha air an comharrachadh ann an rannsachadh Ar Stòras Gàidhlig a thoirt gu buil gu ìre cho math 's a ghabhas.
- Bidh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd air a cur air adhart mar dheagh cheann-uidhe do luchd-turais a thaobh cultar agus

dualchas.

- Bidh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd air a cur air adhart mar phrìomh àite airson a' ghnìomhachais fhilm is shanasachd.
- Bidh ìomhaigh choimeirsealta na Gàidhlig air a meudachadh aig tachartasan a leithid a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, Fèis nam Meadhanan Ceilteach agus Na Trads.
- Bidh ìomhaigh choimeirsealta na Gàidhlig air a meudachadh aig tachartasan agus ann an cleasan a leithid baidhceadh-beinne Loch Abar, goilf, rothaireachd agus maratonan gus follaiseachd na Gàidhlig a thogail a thaobh soidhnichean leasachadh malairteach is coimeirsealta.
- Bidh dreuchd Slighean Cèilidh nam Fèisean agus Fèisean ionadail a thaobh a bhith a' toirt taic do dh'iomairtean a neartaicheas cleachdadh is ìomhaigh na Gàidhlig taobh a-staigh leasachadh eaconamach agus turasachd chultarail ann an sgìre na Gàidhealtachd air àrdachadh.
- Bidh deagh ìomhaigh na Gàidhlig air a cur air adhart agus bidh mothachadh mun Ghàidhlig air a thogail tro na gnìomhachasan cruthachail, na meadhanan Gàidhlig agus na h-ealain Ghàidhlig.
- Thèid obair a dhèanamh le luchd-leasachaidh gus ìomhaigh agus follaiseachd nas àirde a ghleidheadh airson na Gàidhlig ann an leasachaidhean coimeirsealta, malairteach agus còmhnaidheach, agus ann an iomairtean dealbhaidh is leasachaidh eaconamach nas fharsainge, gus luach sòisealta, eaconamach is cultarail na Gàidhlig a chur air adhart.
- Bidh na buannachdan eaconamach a tha an lùib na Gàidhlig is dà-chànanais agus cultar is dualchas air an cur air adhart, gu h-àraid a thaobh eòlaichean rannsachadh margaidheachd.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<b>(i)</b> Obraich còmhla ri VisitScotland gus ìomhaigh is lèirsinneachd na Gàidhlig àrdachadh ann an iomairtean a tha a' cur air adhart agus a' sanasachd sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh sloinntearachd, cànan, ceòl, cumadh-tìre, lusan is ainmhidhean, biadh is deoch, agus an àrainneachd nàdarra.	Bliadhna	OLG POT&F
<b>(ii)</b> Cuir ri, agus cùm co-chonaltradh a thaobh, leasachadh Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig na h-Alba aig VisitScotland.	Leantainneach	OLG POT&F
<b>(iii)</b> Obraich le seirbheisean air an taobh a-staigh gus ìomhaigh is follaiseachd nas àirde a ghleidheadh airson na Gàidhlig nuair a thathar a' leasachadh cheanglaichean le gnìomhachas nam filmichean is nam meadhanan.	Leantainneach	OLG POT&F
<b>(iv)</b> Cuir 'Buaidh air a' Ghàidhlig' ri liostaichean-sgrùdaidh Seirbheis air an taobh a-staigh agus planaichean airson thachartasan cultarail is spòrs, a' gabhail a-steach nan gnìomhachasan cruthachail.	Bliadhna	OLG POT&F
<b>(v)</b> Obraich còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus follaiseachd is cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an tachartasan nàiseanta le ìomhaigh àrd.	Bliadhna	OLG POT&F
<b>(vi)</b> Meudaich follaiseachd na Gàidhlig air soidhnichean malairteach, leasachadh coimeirsealta agus ghnothachasan beaga aig ìre an	Bliadhna	Luchd-stiùiridh POE

dealbhadh fhoirmeil.		
<b>(vii)</b> Obraich còmhla ri buidhnean ionadail agus Ainmean-Àite na h-Alba gus ainmean-àite Gàidhlig a bhrosnachadh ann an leasachaidhean taigheadais agus coimeirsealta.	Leantainneach	POE OLG POT&F
<b>(viii)</b> Cuidich gus an àireamh chom-pàirtichean aig tachartasan a' buntainn ris a' Ghàidhlig anns a' Ghàidhealtachd a mheudachadh, agus co-chonaltradh sponsaireachd a thaobh nan tachartasan a' buntainn ris a' Ghàidhlig anns a' Ghàidhealtachd a mheudachadh.	Leantainneach	OLG POT&F
<b>(ix)</b> Obraich còmhla ri prìomh luchd-compàirt gus ro-innleachd turasachd Gàidhlig a leasachadh airson na Gàidhealtachd.	Foghar 2021	OLG POT&F
<b>(x)</b> Lean air adhart ag obair còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air Sgrùdadh Measadh Buidh Eaconamach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail nuair a thathar ga chumail anns a' Ghàidhealtachd.	Dùbhlachd 2020	OLG

## Cuspair 6 – Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig

### 6.2. Gealladh Ro-innleachdail

Gun obraichear le luchd-compàirt gus ro-innleachdan a leasachadh airson margaidhean nan obraichean Gàidhlig, a' gabhail a-steach comhairle dhreuchdan.

#### Luchd-compàirt

Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Sabhal Mòr Ostaig, BBC ALBA/MG ALBA, Comunn na Gàidhlig, Ionadan Foghlam Adhartach, agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

#### Geàrr-chunntas air Cleachdadh Làithreach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air:

- Iomairtean a leasachadh a tha a' cuimseachadh gu sònraichte air dreuchdan agus sgilean Gàidhlig, agus air mineachadh: nam buannachdan foghlamach, eaconamach agus cultarail a tha an lùib dà-chànanais; leud nan roghainnean is nan cothroman dreuchdail a tha an lùib na Gàidhlig; a' measadh na dh'fhaodadh a choileanadh a thaobh phreantasachdan ùr-nodha; a' sireadh leasachaidhean/sgeamaichean pìleatach/cùisean sgrùdaidh tar-roinneil; a' co-chonaltradh le iomairtean nàiseanta agus le feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nam fastaichean;

- Obrachadh còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig, fo theirmean Meòrachan Tuigse 2011, gus pròiseactan com-pàirteach a leasachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' meudachadh cothroman foghlamach is eaconamach dhan Ghàidhlig, trèanadh sna meadhanan, stiùireadh phròiseactan agus co-obrachadh air ionnsachadh inbheach;
- Taic a chur ri, agus leudachadh a thoirt air, cothroman do dhaoine òga gus eòlas-obrach fhaighinn ann an àrainneachd Ghàidhlig taobh a-staigh na Gàidhealtachd tro, mar eisimpleir, Sgeama Greis Gnìomhachais;
- Taic a thoirt do Sgeama Bhursaraidhean Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

#### Buil a Thathar a' Moladh agus Prìomh Thoraidhean Coileanaidh

- Bidh iomairtean margaidheachd is conaltraidh a tha a' toirt taic do dhreuchdan Gàidhlig agus dealbhadh sgioba-obrach a' leantainn air adhart.
- Bidh iomairtean ag amas gu sònraichte air tidsearan thràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile is àrd-sgoile, luchd-obrach taice, oidean ionnsachadh inbheach, agus luchd-obrach roinn a' chùraim.
- Bidh seata phròiseactan air an ùrachadh, air an aontachadh is air an libhrigeadh gach bliadhna le Sabhal Mòr Ostaig fo theirmean a' Mheòrachain Thuigse.

Gnìomhan Comasachaidh	Ceann-latha Targaide	Seirbheis/Sgioba
<p><b>(i)</b> Cuir ri iomairtean cuimsichte a tha a' toirt seachad comhairle mu dhreuchdan agus sgilean Gàidhlig – a' mìneachadh nam buannachdan foghlamach, eaconamach agus cultarail a tha an lùib dà-chànanais, agus am farsaingeachd roghainnean is chothroman dreuchdail a tha an lùib na Gàidhlig. Dèan measadh air mar a dh'fhaodadh an sgioba-obrach òg againn a bhith air a leasachadh ann an dòigh iomchaidh, a' sireadh leasachaidhean/sgeamaichean pileatach/cùisean sgrùdaidh tar-roinneil, agus a' co-chonaltradh le iomairtean nàiseanta agus le feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nam fastaichean.</p>	Bliadhna	CF MLC SG
<p><b>(ii)</b> Fo theirmean a' Mheòrachain Thuigse, obraich còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus pròiseactan com-pàirteach a leasachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' meudachadh chothroman foghlamach is eaconamach airson na Gàidhlig, airson trèanadh sna meadhanan, airson daoine òga agus airson co-obrachadh a thaobh ionnsachadh inbheach.</p>	Ràitheil	OLG I&LC
<p><b>(iii)</b> Lean air adhart ag obair le Sabhal Mòr Ostaig gus Sgeama Bhursaraidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a libhrigeadh is a bhuileachadh.</p>	Bliadhna	OLG
<p><b>(iv)</b> Thoir seachad trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach Seirbheis Luchd-cleachdaidh.</p>	Bliadhna	T&LF POE



## 8. Sgrùdadh

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a sgrùdadh le Buidheann Ro-innleachd agus Buileachaidh na Gàidhlig, agus Comataidhean Ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd – Daoine, Àite agus Riaghladh, mar a bhios iomchaidh, agus mar a tha air iomradh air duilleag 6.

### 8.1 Ullachaidhean Sgrùdaidh agus Aithris

Cuiridh Comhairle na Gàidhealtachd a-steach aithisgean sgrùdaidh bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig. Bidh seo mar phàirt de na modhan coitcheann a thaobh aithisgean a bhith air an cur a-steach gu comataidhean ainmichte, agus an lùib seo thèid am foillseachadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.

## 9. Eàrr-ràdhan

A rèir riatanasan Bhòrd na Gàidhlig, tha eàrr-ràdh an cois a' Phlana a thèid a-steach.

Eàrr-ràdh 1.

Geàrr-aithisg a' mìneachadh toraidhean na co-chomhairle poblaich.

## 10. Beag-fhaclair

<b>AÀA</b>	Ainmean-Àite na h-Alba
<b>ACG</b>	An Comunn Gàidhealach
<b>ACT</b>	An Caidreachas a Tuath
<b>ALS</b>	Aonta Lìbhrigeadh Seirbheis
<b>BnaG</b>	Bòrd na Gàidhlig
<b>BSC</b>	Buidheann Sgoiltean Co-cheangailte
<b>CALA</b>	Care and Learning Alliance
<b>CLAD</b>	Community Learning and Development (Review Group) / Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Buidheann Ath-sgrùdaidh)
<b>CnaG</b>	Comunn na Gàidhlig
<b>CnamP</b>	Comann nam Pàrant
<b>CNES</b>	Comhairle nan Eilean Siar
<b>CnG</b>	Comhairle na Gàidhealtachd
<b>CP</b>	Comhairle Phàrant
<b>FA</b>	Foghlam Alba
<b>FG</b>	Foghlam Gàidhlig
<b>FnanG</b>	Fèisean nan Gàidheal
<b>FtG</b>	Foghlam tron Ghàidhlig
<b>GLAN</b>	Gaelic Local Authority Network / Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail Gàidhlig
<b>HIE</b>	Highland and Islands Enterprise / Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
<b>HLG</b>	High Life na Gàidhealtachd
<b>MT</b>	Meòrachan Tuigse
<b>PA</b>	Pàrlamaid na h-Alba
<b>RA</b>	Riaghaltas na h-Alba
<b>RNEG</b>	Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig
<b>SDS</b>	Skills Development Scotland / Leasachadh Sgilean na h-Alba
<b>SMO</b>	Sabhal Mòr Ostaig
<b>SQA</b>	Scottish Qualifications Authority / Ùghdarras Theisteanas na h-Alba

<b>UHI</b>	University of the Highlands and Islands / Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
<b>ÙI</b>	Ùghdarras Ionadail
<b>Wipro</b>	Companaidh Teicneòlas Fiosrachaidh do Chomhairle na Gàidhealtachd

### Beag-fhaclair Chomhairle na Gàidhealtachd

<b>ÀSS</b>	Àrd-Sgioba Stiùiridh
<b>CF</b>	Ceannard an Fhoghlaim
<b>CFTB</b>	Ceannard Fheumalachdan Taice a Bharrachd
<b>CGT</b>	Co-òrdanaiche Ghoireasan Teaghlaich
<b>CG</b>	Ceannard nan Goireasan
<b>GC</b>	Goireasan Corporra
<b>I&amp;LC</b>	Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Gàidhlig)
<b>L&amp;B</b>	Leasachadh agus Bun-structar
<b>MCC</b>	Manaidsear Ceangail Curraicealaim
<b>MDS</b>	Manaidsear Dealbhadh Sgioba-obrach
<b>MLC</b>	Manaidsear Leasachadh Càileachd
<b>MO</b>	Manaidsear Oighreachdan
<b>MSC&amp;I</b>	Manaidsear Sgìreil a' Chùraim agus an Ionnsachaidh
<b>OFG</b>	Oifigear Foghlaim Gàidhlig
<b>OLC</b>	Oifigear Leasachadh Càileachd (Luchd-obrach)
<b>OLG</b>	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig
<b>OL 1+2</b>	Oifigear Leasachaidh 1+2 (Gàidhlig)
<b>POE</b>	Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh
<b>POT&amp;F</b>	Prìomh Oifigear Turasachd agus Filmichean
<b>SCC</b>	Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra
<b>SB</b>	Sgoil Bhiortail
<b>SD</b>	Seirbheisean Didseatach
<b>SG</b>	Sgioba na Gàidhlig
<b>T&amp;LF</b>	Trèanadh agus Leasachadh Foghlaim

## 11. Fios Thugainn

'S e an t-Àrd-Oifigear le dleastanas obrachail airson a bhith a' cumail sùil air deasachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd:

*Manaidsear Sgìreil a' Chùraim agus an Ionnsachaidh (Siar)*

*Seirbheis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh*

*Sgioba na Gàidhlig*

*Rathad Ghlinn Urchadain*

*Inbhir Nis, IV1 5NX*

*Àireamh fòn: 01463 70 2402*

*Post-d: [gaelic@highland.gov.uk](mailto:gaelic@highland.gov.uk)*

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' Phlana a chur gu:

*Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig*

*Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh*

*Seirbheis a' Chùraim agus an Ionnsachaidh*

*Rathad an t-Sruthain*

*Port Rìgh, IV51 9EG*

*Àireamh fòn: 01478 614774*

*Post-d: [gaelic@highland.gov.uk](mailto:gaelic@highland.gov.uk)*